Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Lime Tree, Rathad Achadh an Todhair, An Gearasdan

Dihaoine 29 Cèitean 2009 @ 1.15pm

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air cumail anns an Lime Tree, Rathad Achadh an Todhair, An Gearasdan, bho 1.15f air Dihaoine 29 Cèitean 2009

Clàr Chùisean

2.2009.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann
(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Ghnìomh — Airson Fiosrachaidh

2.2009.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Fiosrachaidh
(b) Plana Leasachaidh 2010-15 — Airson Deasbaid
(c) Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean — Airson Fiosrachaidh

2.2009.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhais — Airson Fiosrachaidh
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Airson Fiosrachaidh
(c) For-tharraing bho Bhanca Dhail Chluaidh — Airson Aontachaidh

2.2009.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Ath-nuadhachadh Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal — Taisbeanadh agus Deasbad
(b) Plana Gnìomh airson poileasaidhean eile ùrachadh — Airson Fiosrachaidh
(c) Clàr Chunnartan agus Plana airson Làimhseachadh Chunnartan — Airson Aontachaidh

2.2009.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach — Airson Fiosrachaidh
(c) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2009 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

2.2009.06 EILE

(a) Coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh — Pàipearan tro phost-d a-mhàin
(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh — Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis, bho 2.30f Dihaoine 20 An Gearran 2009

1.2009.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Caitrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche); Ealasaid Bain; Mìcheal Sweeney; Màiri Oakley; Mairead Chamshron; Katag NicNèill; Derek MacIllInnein; Seasaidh Newton; An Comhairliche Agnes Rennie (Comhairle nan Eilean Siar); Alasdair MacLeòid (HIE), Art MacCarmaig (an làthair); Dàibhidh Boag (an làthair); Anna Willoughby (an làthair); Moreen Pringle (an làthair); Jenna Cumming (an làthair – a' toirt seachad taisbeanadh); Dùghlas Beck (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Peigi NicIllInnein; Seòras Stoddart; Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba); Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 5 Dùbhlachd 2008 a sgaoileadh. Mhol Màiri Oakley gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd agus Derek MacIllInnein a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Dh'aontaich am Bòrd aig a' choinneimh mu dheireadh tabhartas a thoirt do dh'Fhèis Rois bhon Mhaoin Leasachaidh fhad 's chuireadh Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Ealain na h-Alba ris an taic-airgid a dh'fheumadh an fhèis.

Dh'innis Art MacCarmaig gu robh Fèis Rois, air sgàth adhbharan sònraichte, air an t-iarrtas aca airson taic-airgid bho Chomhairle na Gàidhealtachd a thoirt air ais. Bha iad air iarrtas a chur a-steach gu Comhairle Ealain na h-Alba, agus bha sin ga thoirt air adhart. Bha Stiùiriche ùr aig Fèis Rois agus bha e cudromach gum faigheadh iad an taic-airgid a bha a dhìth orra airson na bliadhna ionmhais seo.

Dh'aontaich am Bòrd gun toireadh iad £5,000 don fhèis fhad 's a chuireadh Comhairle Ealain na h-Alba an aon sùim ri sin.

1.2009.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Prògram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Prògram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thug buill fa-near dha.

(b) Plana Leasachaidh 2010-15

Chaidh dreachd den Phlana Leasachaidh a dheasaich Art MacCarmaig a sgaoileadh air a' phost-d gu buill a' Bhùird.

Bidh prìomh luchd-compàirt mar Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Comhairle Ealain na h-Alba ag obair fo Fhrèam Ro-innleachdan Eaconamach agus Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, agus tha e cudromach gum bi Fèisean nan Gàidheal a' togail air na ro-innleachdan sin.

Dh'aontaich na buill gu robh an dreachd den phlana ag amas air na raointean ceart, agus thuirt iad gun toireadh iad sùil nas mionaidiche air agus gun cuireadh iad beachdan sam bhith

a bhiodh aca gu Art MacCarmaig ann am post-d.

Dheigheadh dreachd ùr den Phlana a shealltainn don Bhòrd aig a' choinneimh sa Chèitean.

(c) Comhairle Ealain na h-Alba agus Alba Cruthachail

Chaidh aithisg, a dheasaich Art MacCarmaig, a sgaoileadh leis an fhiosrachadh as ùire bho Riaghaltas na h-Alba air dè na dleastanasan a bhios aig Alba Cruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (agus Iomairt na h-Alba) agus na h-ùghdarrasan ionadail nuair a thèid am buidheann ùr a stèidheachadh.

Bhathar an dùil gum biodh Alba Cruthachail na Chompanaidh Earranta ann an 2009 agus na Bhuidheann Poblach bho 2010 air adhart.

Thug am Bòrd fa-near don aithisg agus chumadh Art MacCarmaig fios ribh mu fhiosrachadh ùr sam bith a nochdadh.

2.2008.02 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Financial Report

Chaidh aithisg a dheasaich an t-Àrd Mhanaidsear, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 Am Faoilteach 2009 a bharrachd air liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2008-09.

Thugadh an aire gu robh tòrr a' tachairt a thaobh phròiseactan Dràma agus Iomairt Ciùil na h-Òigridh an-dràsta.

Bha taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Maoin Dualchais a' Chrannchuir ri thighinn a-steach ro dheireadh na bliadhna fhathast, a bha gu lèir luach mu £239,000.

Thug buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Thuirt an t-Àrd-mhanaidsear gur iad na suimeannan:

- Cunntas Làitheil: £2,211.79
- Cunntas Àrd-rèidh: £9,261.80

(c) Cunntasan Ràitheil gu 31 An Dùbhlachd 2008

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh gu 31 An Dùbhlachd 2008, a dheasaich MacNeacail & Co, a sgaoileadh. Thugadh fa-near do na cunntasan.

(d) Luchd-sgrùdaidh

Thuirt MacNeacail & Co, ar luchd-sgrùdaidh an-dràsta, nach bi iad a' dèanamh obair sgrùdaidh tuilleadh bho 31 An Dùbhlachd 2008. Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh againn gun cuireamaid sgrìobhainn tairgse gu companaidhean eile ag iarraidh orra tairgse a chur a-steach airson nan diofar phàirtean den obair sgrùdaidh.

Chaidh pàipear bho Anna Willoughby a sgaoileadh le geàrr-chunntas air an adhartas a rinneadh gu ruige seo, agus chaidh pàipear a sgaoileadh aig a' choinneimh le fiosrachadh mu na tairgsean a fhuaras.

Chaidh aontachadh gun cuireadh Anna Willoughby fios gu cuid de na companaidhean gus tuilleadh bruidhne a dhèanamh riutha mun chùis agus gun toireadh i sùil gheur air na tairgsean, agus gun deigheadh companaidh freagarrach a mholadh don Bhòrd a dh'aithghearr, airson aontachadh tro phost-d, seach nach b' urrainnear feitheamh chun na h-ath choinneimh.

(e) Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Dh'innis Art MacCarmaig mar a bha cùisean an-dràsta a thaobh maoineachaidh bho Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean bho Ghiblean 2009.

Thuirt Alasdair MacLeòid bho HIE gu robh iad an dòchas tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh taic-airgid ro dheireadh a' Mhàirt, às dèidh Measadh air Buaidhean Eaconamach.

1.2009.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Ùrachadh air a' Phoileasaidh Ghàidhlig

Chaidh pàipear, a dheasaich Art MacCarmaig, a sgaoileadh ag innse do bhuill mu mar a bha cùisean a thaobh mar bhathar a' toirt sùil às ùr air Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal. Bha Dùghlas Beck, Emily Edwards agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air a bhith coimhead air dòighean a ghabhadh am Poileasaidh a neartachadh, agus dòighean a dhèanamh nas fheumaile do dh'Fhèisean.

B' e aon mholadh, "Cead Gàidhlig (Gaelic Passport)" do luchd-teagaisg, a bhiodh a' ciallachadh ma bha luchd-teagaisg ag iarraidh obair aig Fèis, dh'fheumadh iad gealltainn gu ìre air choireigin Gàidhlig ionnsachadh/a chleachdadh, agus Fèisean nan Gàidheal a' tabhann trèanadh iomchaidh do dhaoine le diofar ìrean cànain.

Chaidh aontachadh, ma bha beachdan no draghan aig Buill gum bu chòir dhaibh fios a chur gu Dùghlas Beck.

Dheigheadh pàipear leis a' Phoileasaidh ùr a sgaoileadh am measg nam ball san àm ri teachd, nuair a thigeadh adhartas air cùisean.

1.2009.05 LUCHD-OBRACH

(a) Pròram nan Taisbeanaidhean bho Luchd-obrach

Chaidh pàipear a dheasaich Art MacCarmaig a sgaoileadh a chuir an cèill Pròram nan Taisbeanaidhean bho Luchd-obrach airson na bliadhna agus a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd.

Taisbeanadh bho Jenna Cumming, Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar

Bha Jenna Cumming an làthair gus taisbeanadh a dhèanamh air a h-obair.

Thòisich i ag obair aig Fèisean nan Gàidheal faisg air deireadh 2007 agus thug i taing do Chomhairle nan Eilean Siar airson an taic-airgid a chuir iad ri stèidheachadh a dreuchd.

Sa bhliadhna a dh'fhalbh bha i an sàs ann an tòrr phròiseactan, nam measg:

- Bùithtean-obrach do Dheugairean airson obair-buidhne, a bha gan teagasg m.s.a.a.;
- Stèidheachadh Cuairt Cèilidh sna h-Eileanan Siar;
- Bùithtean-obrach agus Seiseanan air am faodadh daoine tadhal aig Fèis Cheilteach Innse Gall;
- Fèis Dheugairean ùr còmhla ri Fèis Eilean an Fhraoich.

Am measg nan tachartasan/pròiseactan a tha ri thighinn:

- Bùithtean-obrach ann an Uibhist agus Leòdhas a' dèiligeadh ri obair-buidhne, clàradh, innleadaireachd fuaim m.s.a.a.;
- Cuirm-chiùil, le diofar Fhèisean an sàs ann, aig Fèis Cheilteach Innse Gall – agus òran ùr air a bharantachadh airson na cuirme;
- Cuairt Cèilidh 2009;
- Fèis dheugairean ùr le Fèis Tìr an Eòrna – a thèid a chumail 's dòcha mu àm na Nollaige;
- Fòram airson nam Fèisean far am faodadh muinntir nam Fèisean sna h-Eileanan Siar coinneachadh gus bruidhinn mu thachartasan, gus beachdan a thoirt seachad m.s.a.a.;
- Planaichean Leasachaidh ùra airson gach Fèis;
- Pròiseact Tasglainn airson nan Eilean

Bha Jenna cuideachd a' cuideachadh Fhèisean le iarrtasan maoineachaidh, eadar-theangachadh, am Poileasaidh Gàidhlig, Trèanadh, cùisean co-cheangailte ri Dìon Cloinne m.s.a.a.

Chuir an comhairliche Agnes Rennie meal-a-naidheachd air Jenna airson an obair chruaidh a rinn i sna h-Eileanan Siar agus bha i den bheachd gur e rud mìorbhaileach a bh' ann gu robh neach-obrach suidhichte anns an sgìre.

Thug Buill a' Bhùird taing do Jenna Cumming airson a taisbeanaidh ùidheil agus fiosrachail agus airson a h-obair agus a dealas don dreuchd.

1.2009.06 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh aithisgean adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near do shusbaint nan aithisgean seo. Bha am Bòrd a' faireachdainn gu robh na h-aithisgean seo soilleir agus feumail agus gur e dòigh mhath a bh' ann fios a chumail riutha dè bha daoine ris.

Bha tòrr a' tachairt a thaobh Dràma aig an àm seo agus muinntir Mheanbh-Chuileag air chuairt timcheall nan Sgoiltean Gàidhlig an-dràsta. Chaidh aontachadh gun innseadh Dùghlas Beck do Bhuill dè bha a' tachairt, agus cuin agus càite am b' urrainn do Bhuill a' Bhùird na dealbhan-cluiche fhaicinn nuair a bha iad gan sealltainn ann an àite faisg orra.

(b) Iarrtasan airson Ballrachd

Chaidh pàipear a dheasaich Art MacCarmaig a sgaoileadh a bha ag innse mu dhà iarrtas ùr airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal bho dhà fhèis ùr – Fèis Ghallaibh agus Fèis an t-Sratha ann am Blàr Ghobharaidh.

Dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air a' bhuidseat, nan gabhadh ri dà fhèis ùr, ach bha Dàibhidh Boag misneachail gun lorgar sruthan maoineachaidh ùra.

Chaidh aontachadh gabhail ris an dà iarrtais airson ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal.

(c) Coinneamhan a' Bhuidhinn Riaghlaidh

Cha deach Coinneamh a' Bhuidhinn Riaghlaidh a chumail ron a' choinneimh seo den Bhòrd. Chaidh iarraidh air buill cinn-latha aontachadh airson na h-ath choinneamhan den Bhuidheann Riaghlaidh a bha mar as àbhaist gan cumail 2-3 seachdainean ro choinneamhan a' Bhùird.

Chaidh aontachadh gun sgaoilear liosta de na làithean air am faodadh coinneamhan a chumail gu Buill los gum beachdachadh iad agus gun aontaicheadh iad làithean nan coinneamhan.

(d) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2009

Bhathar an dùil Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2009 a chumail air Dihaoine 25 agus Disathairne 26 Sultain agus bha aig a' Bhòrd ri àite iomchaidh aontachadh airson an cumail.

Às dèidh dhaibh còmhradh air, chaidh aontachadh gun deigheadh an cumail ann an aon de na h-àiteachan a leanas:

- Gallaibh/Cataibh
- Earra-Ghàidheal
- Steòrnabhagh

Choimheadadh Anna Willoughby air cho freagarrach 's a bha na h-àiteachan a thaobh ar feumalachdan agus dh'innseadh i do Bhuill a' Bhùird dè an t-àite as freagarraiche.

1.2009.07 EILE

(a) Ceann-latha an ath Choinneimh

Bidh an ath choinneamh sa Ghearasdan air Dihaoine 29 Cèitean. Chaidh aontachadh gun tigeadh am Bòrd còmhla airson grèim bìdh aig 12.30f agus gun tòiseachadh a' choinneamh

aig 1.30f.

(b) Aonta le Comhairle nan Ealain

Chaidh Aonta Maoineachaidh le Comhairle Ealain na h-Alba a sgaoileadh aig a' choinneimh, agus bha aig Catrìona Nic an t-Saoir, mar chathraiche, a h-ainm a chur ris. B' fheudar an t-Aonta a thilleadh gu Comhairle nan Ealain ro 24 Gearran.

Thug buill sùil air an Aonta agus ghabh iad ris na cùmhnantan, agus bha an Cathraiche toilichte a h-ainm a chur ris às leth a' Bhùird.

(c) Ealain Shaor-thoileach na h-Alba

B' i Seasaidh Newton a bha an-dràsta a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig coinneamhan Ealain Shaor-thoileach na h-Alba a bha gan cumail ceithir turas sa bhliadhna ann an Dùn Èideann. Thuirt Seasaidh nach b' urrainn dhi a dhol gu na coinneamhan seo bho seo a-mach. Chaidh aontachadh gur i Ealasaid Bain an riochdaire ùr a bhios aig Fèisean nan Gàidheal agus gun innseadh Art MacCarmaig do ESA mun atharrachadh.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh a chaidh a chumail anns an Taigh-òsta Lovat Arms, A' Mhanachainn, Diardaoin 14 Cèitean 2009 bho 1.30f
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2009.01(e)

EX1.2009.01 PRELIMINARIES

(a) Present
Katie Adam (Fèis a' Bhaile, Chair), George Stoddart (Fèis sa Mheadhan, Secretary/Treasurer), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), David Boag (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager)

(b) Apologies
Alasdair MacLeòid (Highlands & Islands Enterprise), Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Ian Smith (Scottish Arts Council).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval
George Stoddart moved approval of the minutes as a true record, and this was agreed.

(d) Matters arising
There were no matters arising

EX1.2009.02 PROJECT UPDATES

(a) YMI in Highland (verbal - Arthur)
The YMI contract for Highland was ongoing. The CE reported that the budget was on target and the management fee available to Fèisean nan Gàidheal increased. Rae MacEachern was to meet with all the Fèisean involved in the delivery on 21 May 2009.

(b) Blas Festival Progress Report (verbal – Arthur/David)
Everyone present had attended the Blas Launch that morning. David reported that there were around 500 tickets already sold. The Blas Action Group were meeting in Glenfinnan on 21 July 2009 to discuss plans for 2010. There was still a vacancy on the on the Blas Board for a PAN representative. There were still some gaps in funding and the full budget was dependent on HIE funding, which was still unknown.

(c) Archiving Project Report (verbal – David)
David reported that this project was progressing really well. Emily Edwards was working with Fèis Air an Oir to produce a booklet on the local area similar to the Fèis a' Bhealaich booklet. Ronan Martin was helping with the design and all other booklets produced would follow in the same style. Fèis a' Bhaile and Fèis na h-Òige were currently working on a creative writing project, where they are writing stories based on artefacts found on the Culloden battlefield. They are also performing at a concert on the 09 August 2009, with songs, tunes and stories about Culloden. Fèis Ceann Loch Goibhle are also taking part in the archiving project with Gaelic speaking participants from Dunoon Grammar School.

David reported that Emily would have to re-apply to the Heritage Lottery Fund for the next stage of the project and he was looking for ideas from her how this was likely to progress. Work with Fèis Lochabair, Fèis Ghleann Albainn and Fèis an t-Sràtha was also in the pipeline.

(d) Meanbh-Chuileag (verbal – David)
The Meanbh-Chuileag tour was ongoing and very successful. There was positive feedback from the teachers and they had covered 60+ Gaelic Schools. Funding for the future was uncertain, as there was no funding from Bòrd na Gàidhlig for Meanbh-Chuileag. There was an opportunity to apply for funding through GLAIF and bids had to be in by 01 June 2009.

(e) Sgoil Shamhraidh 2009 (verbal – Arthur)
Plans were underway for Sgoil Shamhraidh Dràma 2009 which is set to take place in Portree, 6 – 16 July 2009. There were 9 applicants to date with a target of 20 applicants overall.

(f) Freumhan (verbal – David)
Freumhan had been very successful with 16 participants in the 12-15 age group. The combination of workshops and outdoor activity worked well. Catriona mentioned there was a lot of interest in the Lochaber area for a residential teenage Fèis and it was agreed that this should be picked up as a possibility for development.

EX1.2009.03 STAFFING ISSUES

(a) General update (verbal – Arthur)
Arthur reported that Angus MacLeod had started in January as a Drama Practioner. Annual PDPs were still to be prepared for Anne and David.

With the uncertainty over some of Fèisean nan Gàidheal's funds, the CEO stated that his priorities would be to retain staff and secure funding for the Fèisean through the Grants Scheme in the event that our bid to HIE proved ultimately unsuccessful. Everything else would have to be reassessed if that were to happen.

(b) Staff Handbook update (verbal – Anne)
Anne reported that the staff handbook had been updated and sent out to staff by email.

EX1.2009.04 FINANCIAL ISSUES

(a) Financial Report (circulated - Anne)
A report from the Executive Manager had been circulated. There were no concerns over the overall financial position and the budget to 31 March 2009 was as expected. The budget from 01 April would be updated and included in the Board papers. As we are still awaiting a decision on funding from HIE, the new budget may have to be altered according to the outcome.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:

- £6,329.41 in the Current account
- £110,956.19 in the High Interest account
- £50,016.44 on Deposit

Not included in those balances was a cheque for £29,620.31 received from Highland Council that morning, which was still to be processed. This would bring total funds to £192,922.35.

(c) Grants to Fèisean 2009-10 (verbal - Arthur)
Arthur had emailed Fèisean regarding the funding uncertainty stating that, in the case of any cuts to Fèis funding, priority was to be given to main Fèisean. Funding for classes could be reduced and if this were to happen lead officers would work with Fèisean to look at alternative sources of funding, making use of LEADER funding where that is available, for Cèilidh Trails and workshops grants.

(d) Risk Register (verbal - Anne)
Lisa MacDonald, from Deloitte had suggested that the Risk Register should contain 10 manageable risks out of the 67 identified. There was scope to amalgamate risks and Anne had prepared a draft Risk Register for approval. It had previously been agreed by the Board that, although the Board members were ultimately responsible for the risk management, the Executive Group would have responsibility for monitoring the management of the identified risks.

It was agreed by the Executive Group that the Board should be asked to formally approve the identified top risks at the next meeting and that the Board would be responsible for reviewing the Risk Register on an annual basis, every February.

(d) Bòrd na Gàidhlig Funding Agreement 2009-10 (verbal - David)
David provided an update on the Bòrd na Gàidhlig contract for 2009-10. £105,000 had been confirmed but he expressed disappointment that there was no funding for Meanbh Chuileag. He had agreed to report back on targets on a quarterly basis.

(d) SAC Funding Agreement 2009-10 (circulated - Arthur)
The SAC Funding Agreement 2009-10 as approved was circulated for information and was noted by the Executive Group members.

(d) HIE Application 2009-12 (circulated - Arthur)
The HIE Funding Application 2009-12 as submitted was circulated for information and was noted by the Executive Group members.

(e) Quarterly management accounts (verbal - Anne)
All the year-end paperwork had been submitted to Angus Nicolson and Anne was to try and ensure there would be management account available for the Board meeting on 29 May.

(e) Audit 2009 and end-of-year outturn (verbal - Anne)
Angus Nicolson is going to prepare the accounts to 31 March 2009. Roddy Cunningham of Mann Judd, Gordon will audit the accounts and prepare quarterly management accounts for the new financial year.

EX1.2009.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Development Plan (verbal - Arthur)
The CE reported that lack of HIE funding could have a significant effect on the development plan and had delayed progress to date. He proposed to have a draft in time for the Board Meeting should the outcome of the HIE funding bid be known.

(b) Gaelic Policy Update (circulated - Arthur)
Arthur reported that this was a good step up from the last policy. It was proposed that all tutors would go through some Gaelic training further increasing the use of Gaelic at Fèisean. The policy was to be launched at the AGM.

(c) Other Policy Updates (verbal - Anne)
A report was circulated from Deloitte which had been done as part of the risk assessment review. Anne reported that the areas highlighted under Financial Procedures had now been addressed, and an Action Plan had been agreed with Iona MacDonald for updating other policies. It was anticipated that all policies would be updated by 31 July and presented to the Board for approval in September 2009.

(d) Fèisean nan Gàidheal Conference and AGM 2009 (verbal - Anne)
Anne reported that quotes had been sought from six different hotels but only one response had been received. Moreen Pringle was contacting the hotels to see whether they wished to quote for the event.

EX1.2009.06 BOARD MEETING

(a) Agenda items to be included in the September Board meeting (to be agreed)
It was agreed that there should be a debate on the Gaelic Policy and presentations, as previously agreed, from relevant members of staff.

George requested that the agenda be restructured to highlight where papers were included for discussion, or for information.

EX1.2009.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)

It was agreed to look at Sharepoint or a secure area on the website where Board members and staff could discuss points relating to meetings.

(b) Date and venue of next meeting

Monday 24 August 2009 in Fort William.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2009.02(a)

Bun Fhiosrachadh
Tha an aithisg ràitheil seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Bidh teamplaid ùr air steidheachadh ro dheireadh na ciad ràithe airson na bliadhna 2009-10, a' gabhail a-steach toraidhean anns na cùmhnantan maoineachaidh aig grunn bhuidhnean agus bidh aithisg adhartais air beulaibh an ath choinneamh den Bhòrd anns an t-Sultain. Tha targaidean aig luchd-obrach fa leth anns na Planaichean Pearsanta aca.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Orains & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
D (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall;
O (Orains) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh;
U (Uaine) = Air targaid.

Fios. Plana Leas.	Ceum ann am Plana Leasachaidh	Dleastanas	Taisbeanairean Coileanaidh	Adhartas	Inbhe
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh an raoin ghnìomhan aca**				
1.1	Sgeama Thabhartasan airson Fèisean	Ceannard	Leantainn air adhart a' ruith Sgeama Thabhartasan airson Fèisean (Targaid CEA)	Sgeama thabhartasan ann an àite	**U**
				Tabhartasan gam pàigheadh a-mach a rèir aontachaidhean	
		Manaidsear Ghnìomha	Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)	Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean airson 2008-09	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 36 Fèisean ann an sgìre Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
		Manaidsear Leasachaidh	Le IGE agus càch, leudaich an t-ionmhas a tha ri fhaotainn do R & L tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Maoin £60k ri fhaotainn airson 2008-09	**U**
				Modh tagraidh fosgailte	
				Feum air a dhèanamh den bhuidseat air fad ann an 2008-09.	
		Manaidsear Leasachaidh	Thoir taic do 3 pròiseact ùr agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Rinn sinn an gnothach a dhol thairis air an targaid seo.	**U**

1.2	A’ lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich	Oifigearan Leasachaidh	Luchd-obrach taice suidhichte	Ghabh buill na sgioba leasachaidh grunn fhèisean os làimh mar Phrìomh Oifigear agus chaidh coinneamhan measaidh foirmeil a chumail anns an t-Samhain agus an Dùbhlachd.	**U**
		Oifigearan Leasachaidh	Raon de sheirbheisean taice suidhichte	Le fiosrachadh mionaideach gu h-ìseal fon cheann seirbheis iomchaidh.	**U**
		Oifigear Trèanaidh Oifigear Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta ’s a ghabhas airson ’s gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh	A’ chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn agus air CD uair gach bliadhna. Tha grunn dhiubh gu bhith air an ùrachadh.	**U**
				Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich	
				Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig agus cùrsaichean freagarrach air an tairgse do luchd-teagaisg, luchd-eagrachaidh agus soar-thoilich. Tha sinn ag ùrachadh ar poileasaidh Gàidhlig.	
				Tha Clàr Chunnartan a-nise suidhichte.	
		Manaidsear Ghnìomha Oifigearan Leasachaidh Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde	Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2008-09 mar phàirt de thairgse tabhartais	**U**
				Sgioba Leasachaidh ag obair na bu dlùithe ris an luchd-obrach a tha air am fastadh tron sgeama seo agus ghabh a’ mhòr-chuid pàirt san Fhèis Trèanaidh.	
		Ceannard	Cuir an dreuchd 5 Oifigearean Leasachaidh Fèise ionadail (Targaid IGE)	4 oifigearan leasachaidh an dreuchd an-dràsta.	**O**
				A dh’aindheoin oidhirp eile gus dreuchd Oifigear Leasachaidh a stèidheachadh le comhairlean bailteil, cha deach leinn.	
1.3	Co-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Ghnìomha Oifigear Gnìomhais Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)	Bha co-labhairt 2008 anns a’ Ghearasdan air 19mh agus 20mh Sultain agus bha e soirbheachail.	**U**
1.4	Àrachas	Manaidsear Ghnìomha	Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile.	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna.	**U**
				Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh.	
1.5	Banca ionnstramaidean ciùil	Oifigear Gnìomhais	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh’Fhèisean.	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh	**U**
				Tha iarrtas a’ toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh a’ mhòr-chuid den bhliadhna.	
			Air màl gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh.	Chaidh sinn thairis air ar targaid airson ìre de dh' ionnstramaidean air màl.	**U**
1.6	Sgrùdadh Sgaoilidh	Neach-tionail Manaidsear Ghnìomha	Luchd-teagaisg agus saor-thoilich uile an lùib nam Fèisean air sgrùdadh Sgaoilidh neartaichte fhaotainn.	Obair leantainneach.	**U**
				Sgrùdaidhean a-nis gan ùrachadh dhaibhsan a tha air a bhith air an stòr-dàta nas fhaide na trì	

				bliadhnaichean.	
			Lean air adhart a' dèanamh cinnteach à deagh-chleachdadh a thaobh Dìon Chloinne (Targaid CEA)	Poileasaidh air ùrachadh agus air a sgrùdadh air stèidh leantainneach, le mothachadh gu bheil atharrachaidhean gu bhith a' tighinn air an t-siostam gu nàiseanta.	**U**
				Feumaidh na Fèisean uile liosta de luchd-teagaisg a chur a-steach agus tha tar-fhiosrachadh air a chumail orra gus dèanamh cinnteach gu bheil Sgaoileadh làithreach aca, mus tèid tabhartas a phàigheadh.	
				Duilgheadasan ann le cuid de dh'fhèisean a tha gam fàgail gun tabhartas aig amannan. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd anns an Dùbhlachd 2008.	
1.7	Cumail suas stòr-dàta Luchd-teagaisg Fèise	Oifigear Gnìomachais	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh.	Chaidh ath-nuadhachadh uile gu leìr a dhèanamh air an stòr-dàta.	**U**
1.8	Leasachadh, sgaoileadh agus reic fhoillseachaidhean	Oifigear Gnìomachais	Foillsich leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de dh' Iomairt nam Fèisean ro no ann an 2006 (Targaid IGE)	Tha sinn an-dràsta ag obair air a bhith a' reic na 's urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean msaa. Tha bùth a-nise steidhichte air a' làrach lìn againn.	**U**
1.9	Dèanamh agus sgaoileadh naidheachdan cunbhalach agus fiosrachadh eile	Oifigear Gnìomhachais Luchd-obrach air fad		*Faileas* a-nis ga dhèanamh gu proifeiseanta air stèidh chunbhalach le iris eile dìreach ron Nollaig.	**U**
				Fiosrachadh de gach seòrsa a' buntainn ri Fèisean ga sgaoileadh air stèidh chunbhalach – cothroman maoineachaidh, fiosrachadh *VAN*, cothroman obrach, tachartasan msaa.	
1.10	Taic airson Fèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)	Fèis Dhùn Omhain, Fèis Dhrochaid a' Bhanna, Fèis Cholla agus Fèis Dhiùra ri gabhail àite airson a' chiad thuras ann an 2008-09. Chaidh gabhail ri iarrtasan ballrachd bho fhèisean ùr ann an Gallaibh agus ann am Blàr Ghobharaidh.	**U**
1.11	A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd	Ceannard Manaidsear Leasachaidh Oifigearan Leasachaidh	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)	A' toirt taic do dh'Fhèisean Lochabair le Oifigear Leasachaidh ùr làn-ùine ann an dreuchd.	**U**
				Tha Fèis Spè a' faighinn taic bhon mhaoin stiùireadh pròiseict againn airson Oifigear Leasachaidh pàirt-ùine agus pròg ram obrach.	
				Tha sinn a' leantainn le taic do dh'Fhèis Bharraigh le comhairle do neach-obrach Pròiseict pàirt-ùine.	
				Tha Fèisean ann an sgìre InG a' faighinn taic le airgead a bharrachd bhon Mhaoin Leasachaidh againn gus maoin a dh'fhaodadh iad a bhith a' dùileachadh fhaighinn bhon LEC aca a chothromachadh.	
				Tha sinn air a bhith a' cumail stiùir ri Fèis Rois aig àm far a bheil atharrachaidhean air a bhith a' gabhail àite. Tha dùil ri Stiùiriche ùr ann an dreuchd sa Chèitean.	

1.12	A' leudachadh taic airson nam Fèisean taobh a-muigh sgìrean 'traidiseanta' ùghdarrais ionadail	Ceannard	Le co-obrachadh le aon ùghdarras ionadail no barrachd, cuir Oifigear Leasachaidh an dreuchd gus Fèisean a chòmhdach nach eil air an còmhdach le oifigearan a tha ann mar-thà. (Targaid CEA)	Mar a thathar ag aithris gu h-àrd, tha sinn a' coimhead air cho ion-obrachail 's a bhiodh e oifigear fhastadh gus na raointean seo a sheirbheiseachadh.	**O**
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**				
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne	Oifigear Gàidhlig	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Poileasaidh air a thoirt gu foirmeil do dh'Fhèisean le litrichean tairgse, cuide ri stiùireadh, agus tha fianais gu bheil nas motha de dh'Fhèisean an-sàs ann an obair mhath a chur an gnìomh. Tha ar Poileasaidh gu bhith air ùrachadh agus air a theannachadh.	**U**
				Planaichean Gàidhlig agus fiosan-ùra bliadhnail air an cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal agus bha seo mar phàirt de na coinneamhean mheasaidh bhliadhnail a chaidh a chumail.	
			Leasaich a' Ghàidhlig anns an Fèisean (Targaid BnG)	Taic as motha air a thoirt gus buileachadh gu h-èifeachdach tron Sgioba Gàidhlig againn.	
				Seach gu bheil uidheamachdan taice a-nis suidhichte, tha nas lugha de leisgeulan aig Fèisean gun a bhith a' buileachadh a' phoileasaidh nas iomlaine. Chaidh aonta a dhèanamh leis a h-uile fèis air dè bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh nuair a chaidh coinneamh a chumail riutha.	
2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail	Bidh Sgioba-G a' tadhal air Fèisean gu tric gus Fèisean a chuideachadh le buileachadh Poileasaidh Gàidhlig, agus le pròg ram obrach a dhèanamh gus freagairt air feumalachdan fa leth.	**U**
2.3	Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal	Oifigear Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Leasachaidhean agus stuthan gu bhith air an cruinneachadh (Targaid BnG)	Beag air bheag a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' dèanamh feum de foillseachaidhean dà-chànanach agus tha seo na chùnnradh tabhartais. Tha còmhraidhean mun seo aig coinneamhan sgrùdaidh bliadhnail.	**U**
			Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air a leasachadh (Targaid BnG)		
			Cùrsaichean Gàidhlig agus stuthan gu bhith air an lìbhrigeadh (Targaid BnG)	Obair leantainneach a tha seo. Tha taic ri fhaotainn le eadar-thangachaidhean; faodaidh luchd-teagaisg, luchd-eagrachaidh agus luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an grunn chùrsaichean; agus tha iad air am measadh ann an dòigh iomchaidh.	
			Measadh ri dhèanamh (Targaid BnG)		
2.4	Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra	Ceannard Oifigear Gàidhlig	Àireamh fhàsmhor de dh'Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig	6 Fèisean a-nis tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ga leasachadh ann am Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na	**O**

				Gàidhlig.	
				Thèid sùil a chumail air a seo le aithrisean-sgrùdaidh nach deach a chur air dòigh fhathast.	
		Manaidsear Leasachaidh Bòrd	Dèan cinnteach à dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra	Cha tèid Fèisean ùra a leigeil a-steach airson ballrachd gun taisbeanadh gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	**U**
				Feumaidh buill a' Bhùird aontachadh ri iarrtas ballrachd sam bith.	
2.5	Leasachadh Dràma na Gàidhlig	Oifigear Dràma	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Chaidh ullachadh a dhèanamh airson 5 Fèisean Dràma le na taisbeanaidhean anns a' Chèitean/Ògmhios 2009.	**U**
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)	Chaidh a' chiad Sgoil Shamhraidh a cumail anns an Iuachar le 19 com-pàirtichean agus bha i fìor shoirbheachail le cuairt bho Mhìnistear agus oidhche shònraichte de thaisbeanaidhean.	**U**
			Sgoil Shamhraidh Dràma ri gabhail àite (Targaid BnG)	Planaichean air an cur air dòigh airson samhraidh 2009, ann am Port Rìgh a-rithist.	
			Measadh air buannachadan na Sgoil Shamhraidh (Targaid BnG)		
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh na h-earrainn foghlaim foirmeil**				
3.1	Cùmhnant airson Iomairt Ciùil Òigridh sa Ghàidhealtachd	Ceannard/ Co-òrdanaiche ICO	Lean air adhart a' leasachadh obair nam Fèisean leis an earrainn fhoghlaim fhoirmeil, ann an com-pàirteachas le ICO sa Ghàidhealtachd agus ann an Lodain an Ear (Targaid CEA)	Leantainneach, agus a' ruith gu soirbheachail air Gàidhealtachd.	**U**
				Tha sinn air tarraing às a' chùmhnant le Comhairle Lodainn an Ear leis gu bheil neach ag obair dhaibh làn ùine air gnothaichean ICO.	
				Co-òrdanaiche Pàirt-ùine, Rae Nic Eachearna, a' leantainn oirre a' coimhead as dèidh cùisean eagrachaidh bho latha gu latha.	
				Latha trèanaidh glè shoirbheachail air a chumail ann an Srath Pheofhair air 9mh Cèitean 2008 le deagh àireamh luchd-teagaisg an làthair agus bha latha soirbheachail eile anns an t-Sultain. Latha trèanaidh eile gu air a chumail anns a' Ghearran.	
3.2	Comas airson obair chùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh (ICO)ann an sgìrean eile	Ceannard	Leudaich lìbhrigeadh chlasaichean ciùil traidiseanta thar sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas ri ICO, far a bheil iomchaidh (Targaid CEA)	Cha deach mòran adhartais a dhèanamh ann an 2008-09. Ged a chùm sinn còmhraidhean le Comhairle nan Eilean Siar tha againn ri coinneamh a chur air dòigh leis an oifigear a bhios a' dèiligeadh ri seo.	**O**
3.3	Obair air Cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean	Oifigear Dràma	Meanbh-Chuileag ri tadhal air sgìrean 5 LEC gach bliadhna (Targaid IGE)	Leigeadh an tabhartas, luach £25k a fhuair sinn bho Riaghaltas na h-Alba airson Meanbh-Chuileag, leinn seo a choilionadh ann an 2008-09.	**U**

3.4	Obair foghlaim foirmeil eile	Ceannard Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh		Mar phàirt den Fhèis Bhlas am-bliadhna, bha pròg ram foghlaim gu math farsaing a ruith aig an aon àm ri na tachartasan eile, le barrachd is 3,200 sgoilear an-sàs. Tha planaichean airson Acadamaidh Fèise gun adhartais an-dràsta airson adhbharan eadar-dhealaichte ach dùil coinneachadh ri HIPP airson faighinn a-mach mu dheidhinn airgid Eòrpaich. Trèanadh luchd-teagaisg air a lìbhrigeadh tro Cholaistean Stow agus Pheairt le dòchas gum bi àiteachain eile deònach an aon rud a dhèanamh. Tha CnE deònach an obair seo a leudachadh ach 's docha fo bhratach Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba.	**U**
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant, le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**				
4.2	Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd	Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Leasaich agus leudaich pròg ram Bhlas gus am bi e comasach dhan fhèis a bhith na pàirt chudromach den Tilleadh Albannach ann an 2009. (Targaid CEA) Fèis ri gabhail àite (Targaid BnG)	Tha Blas air maoin fhaighinn mu thràth bhon An Tilleadh Albannach airson na fèise ann an 2009. Bha pròg ram na bliadhnasa air an làrach-lìn anns an Fhaolleach agus dùil ris a' phròg ram fhoillseachadh sa Chèitean.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Pròg ram a lìbhrigeadh a tha air a dhealbhadh gus freagairt air prìomh amasan Blas (Targaid CG) Àireamh thachartasan ri measadh (Targaid BnG)	'S ann mar seo a bha cuisean ann an 2008 le pròg ram a tha a' com-pàirteachadh dhaoine òga, cànan na Gàidhlig, luchd-ealain eadar-nàiseanta agus innleachdas, a bharrachd air 4 pròg raman telebhisean uair a thìde air BBC Alba.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Ma tha maoineachadh a bharrachd ga cheadachadh, leantainn le taic a thoirt do chòig Chuairtean Cèilidh agus seachdain de Cheòl Gàidhlig ann an Sgoiltean gach bliadhna (Targaid CG)	Fhuair sia Cuairtean Cèilidh taic tron t-samhradh.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Fèis a lìbhrigeadh a tha in-ghabhaltach agus a bhios tarraingeach do thar-earrainn farsaing de bhuidhnean aoise agus cultair (Targaid CG)	Tha fèisean a chaidh a chumail roimhe air daoine bho aois 5 gu 80+ a tharraing. Bha an sluagh as motha riamh aig fèis na bliadhnasa ged a bha nas lugha de phrìomh thachartasan againn.	**U**
		Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Gus ìrean sàr-mhath ealain a chumail suas agus ìrean àrda de chùram luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh (Targaid CG)	An crochadh air luchd-brosnachaidh ionadail airson cùram luchd-cleachdaidh ged a bha riochdaire Blas aig gach tachartas. Chaidh coinneamh a chumail leotha anns a' Ghiblean, aig Fòram PAN, airson dèanamh cinnteach gun robh fhios aca dè bha a dhith bhon taobh againne. Tha sinn a' creidsinn gun deach pròg ram fìor mhath a chur air adhart am bliadhna agus thug an luchd-amhairc seachad am beachdan. Bha 88% (4.4 a-mach à 5) gu math toilichte leis an ìre aig an robh tachartasan.	**U**

				Rinn sinn cinnteach gun deach coimhead as dèidh feadhainn a bha nan urrasairean, agus luchd-maoineachaidh, le tiocaidean an-asgaidh agus eile, mar is àbhaist.	
			Beachdan luchd-amharc air an clàradh (Targaid BnG)	Bha ceisteachan aig a h-uile tachartas agus chaidh na freagairtean an cruinneachadh agus an cur ann an aithisg.	
4.3	A' leantainn le taic airson Cuairtean Cèilidh Fèise	Ceannard Manaidsear Leasachaidh	Ann an com-pàirteachas le Fèisean, thoir tuilleadh leasachaidh air lìonradh de Chuairtean Cèilidh (Targaid CEA)	Maoineachadh ri fhaotainn taobh a-staigh buidseat Blas, agus bha Cuairtean Cèílidh air an cumail, nam measg tè ùr sna h-Eileanan Siar ann an 2008-09.	**U**
		Oifigearan Leasachaidh	Cruthaich 5 Cuairtean Cèilidh Fèise aig a' char as lugha thar sgìre IGE ro no ann an 2009 (Targaid IGE)	Sia air an cumail am-bliadhna.	**U**
4.4	A' brosnachadh Fhèisean ionadail gus stuthan a thasgadh airson an cleachdadh ann an suidheachaidhean teagaisg san sgìre aca	Oifigear Tasglann & Pròiseactan Sonraichte	Pròiseact tasglannaidh ri stèidheachadh.	Tha obair a' leantainn aig àrd ìre. Chaidh an leabhar bhon phròiseact le Fèis a' Bhealaich fhoillseachadh, le dùil ri leabhar eile bho Fèis Air an Oir a dh'aithghearr.	**U**
4.5	Leasachadh Ro-innleachdach Ealan na Gàidhlig - GASD *(Gaelic Arts Strategic Development)*	Ceannard Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Cùm suas agus builich am pròram GASD mar àrd-chòm-pàirtiche (Targaid CEA)	Obair leantainneach agus FnG na lùib mar làn chom-pàirtiche ann am fòram GASD cho fad 'sa tha chumas e a' dol.	**U**
				Chaidh aontachadh ri Ro-innleachd nan Ealan Gàidhlig le Bòrd na Gàidhlig. Tha Oifigear Ealain Gàidhlig gu bhith air fhastadh eadar am Bòrd agus CnE.	
4.6	Gnìomhan Eadar-Fèise	Manaidsear Leasachaidh Oifigearan Leasachaidh		Maoineachadh airson gnìomhan eadar-Fèise air fhillte taobh a-staigh na Maoin Leasachaidh bho 2007 air adhart.	**U**
4.7	Lìonradh Trèanaidh airson Luchd-teagaisg Ceòl Traidiseanta – TMTTN *(Traditional Music Tutor Training Network)*	Oifigear Trèanaidh	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a' brosnachadh, a' cur air dòigh agus a' gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus lìbhrigeadh ceòl traidiseanta (Targaid CEA)	Chaidh co-labhairt aig an TMTTN a chur dheth gus an tèid pàipear ullachadh leis an Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh airson Comhairle nan Ealan agus buidhnean eile a tha an-sàs ann an leasachaidhean ceòl traidiseanta, le molaidhean mun t-slighe air adhart leis an obair seo.	**O**
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean**				
5.1	Oifigear Leasachaidh airson Trèanadh a ghleidheadh	Ceannard		Dreuchd air a dhèanamh àbhaisteach ach an crochadh san ùine-fhada air maoin air a stiùireadh le CEA	**U**
5.2	Pròram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Lìbhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE)	Chaidh seo air a choileanaidh leis an Fhèis Trèanaidh far an robh 60 com-pàirtiche sa Mhàrt 2009.	**U**
This letter includes details of the information we require to monitor your facility/facilities and any financial covenants we require you to meet.

Please note that these requirements do not affect in any way our overriding right to require repayment of your facility/facilities on demand, as stated in the Facility Letter.

Please take time to read this letter carefully and please do not hesitate to discuss with us anything you are not sure about.

You should only sign this letter when you fully understand the consequences of doing this. We strongly recommend that you take independent advice before accepting the facility/facilities and signing any documents.

The Borrower agrees to and accepts the terms and conditions set out in this letter (including its schedule) of which this is a copy.

Signed

Director for and on behalf of **Feisean nan Gaidheal Limited**

Director/Secretary for and on behalf of **Feisean nan Gaidheal Limited**

Date 7/4/09

Extract of Board Resolution

I, **(Insert Individuals Name)**, being a *Director/the Company Secretary of **Feisean nan Gaidheal Limited** (the "Company"), hereby certify that the following is a true extract from the minutes of a quorate and duly convened meeting of the Directors of the Company at which all appropriate interests were declared and which was held on **(Insert Meeting Date).**

"There was produced to the meeting (1) the facility letter from Clydesdale Bank PLC (the "Bank") dated **(Insert Date)** and accepted by the Borrower which sets out the terms and conditions on which the Bank currently makes available an overdraft and other banking facilities (the "Facilities") to the Company and (2) an amendment letter (the "Letter") from the Bank dated **(Insert Date)** which sets out the amendments to the Facility Letter to the terms and conditions on which the Bank is prepared to continue to make available the Facilities to the Company.

After due and careful consideration of the terms of the Letter and of all the relevant circumstances, **IT WAS RESOLVED** that:

1 the continued utilisation by the Company of up to the full amount of the Facilities on the terms and conditions set out in the Facility Letter as amended by the Letter is for the benefit of, and in the best commercial interests of, the Company for the purpose of carrying on its business and that the terms and conditions of the Letter are approved and accepted; and

2 the Letter be executed on behalf of the Company by the two Directors or the Director and the Company Secretary specified below, any one of whom (being a Director) is also authorised to sign on behalf of the Company all such other documents, agreements, certificates, notices, communications or confirmations, including amendments, variations, renewals and extensions, as may be required in connection with the Facilities, the Facility Letter or the Letter **(Insert Name of Director(s) and/or Company Secretary).**"

Signed:
* Director/Company Secretary

Dated: 7/4/09

* Delete as applicable

Extract of Board Resolution

I, George Stoddart, being the Company Secretary of **Fèisean nan Gaidheal Limited** (the "Company"), hereby certify that the following is a true extract from the minutes of a quorate and duly convened meeting of the Directors of the Company at which all appropriate interests were declared and which was held on 29 May 2009.

"There was produced to the meeting (1) the facility letter from Clydesdale Bank PLC (the "Bank") dated 25/02/2008 and accepted by the Borrower which sets out the terms and conditions on which the Bank currently makes available an overdraft and other banking facilities (the "Facilities) to the Company and (2) an amendment letter (the "Letter") from the Bank dated 7 April 2009 which sets out the amendments to the Facility Letter to the terms and conditions on which the Bank is prepared to continue to make available the Facilities to the Company.

After due and careful consideration of the terms of the Letter and of all the relevant circumstances, **IT WAS RESOLVED** that:

1 the continued utilisation by the Company of up to the full amount of the Facilities on the terms and conditions set out on the Facility Letter as amended by the Letter is for the benefit of, and in the best commercial interests of, the Company for the purpose of carrying on its business and that the terms and conditions of the Letter are approved and accepted; and

2 the Letter be executed on behalf of the Company by the Director and the Company Secretary specified below, any one of whom (being a Director) is also authorised to sign on behalf of the Company all such other documents, agreements, certificates, notices, communications or confirmations, including amendments, variations, renewals and extensions, as may be required in connection with the Facilities, the Facility Letter or the Letter - Catriona MacIntyre (Director) and George Stoddart (Company Secretary)."

Signed: ……. Catriona MacIntyre
Director

Signed: ……. George Stoddart
Company Secretary

Dated: 29 May 2009

Fèisean nan Gàidheal

Ath-nuadhachadh Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2009.04(a)

Adhbhar a' Phàipeir
Airson fiosrachadh as ùire a thoirt dhon Bhòrd mun ath-nuadhachadh air Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chaidh a dheasbad aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd.

Cùis
Bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gun robh còmhraidhean aig a' choinneimh mu dheireadh mu na feumalachdan air ath-nuadhachadh a thoirt air a' Phoileasaidh Gàidhlig againn. A' leantainn sin, fhuair an fheadhainn a bha an làthair beagan a bharrachd fiosrachaidh bho Dhougie, Calum Ailig agus Emily aig an Fhèis Trèanaidh ann an Srath Pheofhair.

Tha dreach den phoileasaidh ùr a' leantainn agus bidh taisbeanadh ann bhon luchd-obrach air mar a thèid a chur an gnìomh, ma bhios aonta a' Bhùird ann.

Tha am poileasaidh ùr seo a' toirt cothrom dhuinn an ìre de chleachdadh na Gàidhlig àrdachadh a-measg luchd-teagaisg aig Fèisean, agus an ìre cleachdaidh àrdachadh a-measg luchd-obrach agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean cuideachd. Chuireadh seo ris an àireamh de dhaoine aig am bi eòlas agus tuigse air a' chànain, amas a tha gu math follaiseach ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Ma bhios comas ann a' Ghàidhlig a cheangal ri cothroman-obrach, thathar an dòchas gun gabhadh barrachd dhaoine ris na cothroman a tha ann an-dràsta a' Ghàidhlig ionnsachadh agus na cothroman a bhios Fèisean nan Gàidheal fhèin a chruthachadh an aona-ghnothach airson a' phoileasaidh seo a chur an gnìomh gu h-iomlan.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird beachdachadh air a' phoileasaidh agus na molaidhean a bhios anns an taisbeanadh bhon luchd-obrach airson a chur an gnìomh. Ma bhios iad riaraichte, bithear ag iarraidh air buill a' Bhùird aonta a thoirt dhan phoileasaidh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2009

DREACH POILEASAIDH GÀIDHLIG FnG – CÈITEAN 2009

Roimh-Ràdh
Tha a' Ghàidhlig agus a cultur aig cridhe gach rud a nì Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean fhèin, agus tha FnG aithnichte mar aon de na prìomh bhuidhnean a tha ag obair ann an saoghal na Gàidhlig, agus anns na h-ealain san fharsaingeachd ann an Alba. Mar sin, feumaidh gach neach agus buidheann a bhios a' dèiligeadh le FnG seo aithneachadh, an dà chuid airson an obair luachmhor seo a thoirt air adhart, agus cuideachd airson ìomhaigh na buidhne a chumail suas.

Feumaidh gach buidheann a gheibh taic-maoineachaidh bho FnG gabhail ris a' phoileasaidh seo; gheibhear taic, stiùireadh agus brosnachadh bho FnG airson am poileasaidh a chur an gnìomh.

Tha am poileasaidh a' dèiligeadh leis mar a làimhsichear gnothaichean a' buntainn ris a' Ghàidhlig le FnG mar bhuidhinn agus leis na Fèisean fhèin. Bidh an aon inbhe aig a' phoileasaidh 's a th' aig poileasaidhean eile na buidhne, agus bu chòir an aon aithne a thoirt dha.

Amas a' phoileasaidh
Gus innse do gach neach agus buidheann a tha an sàs ann an obair FnG mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an gnìomhan na buidhne, agus gus stiùireadh a thoirt seachad air mar a chuirear am poileasaidh an gnìomh.

Ro-innleachd

Cur an cèill
Thèid am poileasaidh fhoillseachadh air pàipear agus air làrach-lìn na Buidhne airson sgaoileadh air luchd-obrach a' chompanaidh agus buill na buidhne agus air a' phoball.

Thèid am poileasaidh a thoirt do luchd-obrach a' chompanaidh agus do bhuill bòrd na buidhne nuair a thòisicheas iad san dreuchd aca, agus gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh. Thèid a thoirt do na buill nuair a dh'fhoillsichear e agus gach turas a bhios e air ath-nuadhachadh. Thèid luchd-obrach, buill bòrd na buidhne agus na buill a stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' bhuidhinn.

Cur an gnìomh
Gabhar ris a' phoileasaidh leis na buill mar chumha-ballrachd na buidhne agus le luchd-obrach a' chompanaidh mar chumha-chùmhnant. Bidh dleasdanas aig a h-uile ìre den bhuidhinn am poileasaidh a chur an gnìomh ann an gnìomhan uile na buidhne.

Bithidh dleasdanas sònraichte aig luchd-obrach a' chompanaidh feumalachdan-taice nam ball ann a bhith a' cur a' phoileasaidh an cèill a fhrithealadh.

Cha bhuin am poileasaidh dhan àm a chaidh seachad.

Measadh
Thèid am poileasaidh ath-sgrùdadh gach darna bliadhna aig a' char as fhaide.

Briseadh
Bidh aig na buill ri gabhail ris a' phoileasaidh mar phàirt den chùmhnant-ballrachd aca agus faodar am ballrachd a chur an neo-bhrìgh air sgàth briseadh den phoileasaidh leotha.

Thèid briseadh sam bith den phoileasaidh a dh'èireas air sgàth gnìomhan luchd-obrach a' chompanaidh a cheannsachadh a rèir modh smachdachaidh a' chompanaidh.

Raointean-obrach

Gàidhlig
Thèid stuth sgrìobhte a tha ri nochdadh anns a' Ghàidhlig a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig an toiseach no eadar-theangachadh gu Gàidhlig mas e 's nach eil Gàidhlig aig an sgrìobhadair

Cànanan eile
Aithnichear gu bheil prìomhachas aig a' Ghàidhlig ann an obair na buidhne ach measar cànanan eile ann an co-ionnachd agus nithear gach oidhirp gus feumalachdan dhaoine aig nach eil Gàidhlig a fhrithealadh.

Conaltradh

Fàilteachas is fòn
Cuirear fàilte air daoine a' tadhal air oifisean a' chompanaidh no a' fònadh thuca le fàilte ghoirid anns a' Ghàidhlig. Leanaidh cànan a' chòmhraidh a rèir freagairt is cainnt an neach-conaltraidh.

Sgrìobhadh
Sgrìobhar as leth a' chompanaidh 's na buidhne (ann an riochd dealanach no eile) anns a' Ghàidhlig a-mhàin far a bheil e mar phoileasaidh aig buidhnean brathan sa Ghàidhlig a fhreagairt, gu buidhnean air am meas mar bhuidhnean Gàidhlig agus gu daoine fa leth a tha air sgrìobhadh chun na buidhne an turas mu dheireadh ann an Gàidhlig; ann an suidheachaidhean eile sgrìobhar mar a chìthear iomchaidh. *Faic an leabhar-làimhe*

Làrach-lìn
'S i a' Ghàidhlig a nochdas an toiseach nuair a rachar chun an làraich-lìn.

Bidh uallach air an luchd-obrach dèanamh cinnteach gun nochd gach pìos fiosrachaidh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla.

Foirmean
A. Dealbhachadh cheisteachan is fhoirmean as leth na buidhne

Sireadh bhrathan

- far a bheil fileantas anns a' Ghàidhlig, cleachdar Gàidhlig a-mhàin;
- far nach eil fileantas anns a' Ghàidhlig, far nach eil fhios mu fhileantas no far a bheil diofar ìrean-fileantais, cleachdar riochd dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas)

B. Lìonadh as leth na buidhne
Thèid foirmean is ceisteachain a lìonadh ann an cànan nan ceistean. Ma tha taghadh de chànanan ann, cleachdar Gàidhlig ma tha i nam measg.

Seòlaidhean

- Seòlaidhean Albannach far a bheil sgeul air a' chòd-phuist: (1) cleachdar ainm teaghlaich, taighe no togalaich anns an riochd anns an d' fhuaradh e; (2) thèid ainm sràide a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig ma tha aithne oifigeil ga thoirt dha (m.e. tro shoidhne-sràide); (3) thèid ainm baile-puist, siorrachd, sgìre no eilean a thaisbeanadh a rèir a' mhapa de dh'Alba a dh'fhoillsich an Stòrlann Nàiseanta (*faic an leabhar-làimhe*); (4) cleachdar an còd-puist.
- Seòlaidhean Albannach far nach eil sgeul air a' chòd-phuist: leanar ceumannan (1) agus (2) gu h-àrd ach thèid an còrr a thaisbeanadh anns a' Bheurla a-mhàin.
- Seòlaidhean ann an dùthchannan eile: cha chleachdar seòladh anns a' Ghàidhlig.

Ainmean dhaoine
Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil ann an cànan sam bith, thèid an t-ainm pearsanta agus cinnidh aig gach neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin. Ma chleachdar leis an neach riochdan ann an diofar chànanan, thèid iad sin a chleachdadh a rèir cànan a' chonaltraidh.

Litreachadh
Ann an sgrìobhadh as leth na buidhne, thèid Gàidhlig a sgrìobhadh a rèir molaidhean GOC2 (Gaelic Orthographic Conventions, 2005), ach far a bheil a' bhuidheann air co-dhùnadh a chlàradh dhan chaochladh. Eisimpleir shònraichte dhan chaochladh:

- Cha chleachdar an stràc gheur ann an sgrìobhadh as leth na buidhne ACH A-MHÀIN nuair a dh'fheumar i gus fuaimneachadh òran no beul-aithris eile a shamhlachadh, agus gu sònraichte gus eadar-dhealaichean-dualchainnt ann am fuaimneachadh òran no beul-aithris eile a shamhlachadh.

Soidhnichean
Thèid soidhnichean ann an oifisean a' chompanaidh agus ann an toglaichean a chleachdar leis na buill a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a-mhàin, le feum ga chur air dealbhan agus suaicheantasan gus stiùireadh a thoirt do dhaoine gun Ghàidhlig.

Riochd ainmean sa Bhuidhinn
Cleachdar riochd Gàidhlig ainmean nam ball agus a' chompanaidh, le eadar-theangachadh ann am bracaidean ceàrnach ma dh'fheumar. Nuair a thig gach ball ùr a-steach don bhuidhinn, feumar comhairle a' chompanaidh a ghabhail air riochd ainm a' bhuill; feumaidh an companaidh comhairle acaideimigeach a ghabhail air an ainm.

Foillseachadh

Ath leughadh
Faodar ath-leughadh iarraidh air a' chompanaidh leis na buill mus tèid teacs poblach Gàidhlig sam bith a chur am follais.

Brathan naidheachd
Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Gàidhlig anns a' Ghàidhlig, gu h-aon-chànanach no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas). Thèid fios a leigeil gu meadhanan eile gu dà-chànanach.

Sanasachd
Thèid sanasan fhoillseachadh ann an Gàidhlig a-mhàin ma tha dùil gu bheil Gàidhlig aig a' luchd-leughaidh, no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas) ann an suidheachaidhean eile.

Modhan-obrach

Cànan na buidhne
'S i prìomh chànan-obrach na buidhne a' Ghàidhlig ach nithear gach oidhirp feumalachdan luchd-labhairt na Beurla a fhrithealadh. Tha e mar phrìomh amas aig a' bhuidhinn cultur na Gàidhlig a bhrosnachadh agus mar sin feumar gach neach a tha an sàs innte aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe obair na buidhne agus bu chòir gach oidhirp a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh air feadh na buidhne.

Cànan luchd-obrach a' chompanaidh
'S i prìomh chànan obrach a' chompanaidh a' Ghàidhlig agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom air àrainn oifisean a' chompanaidh agus nuair a thathas a' frithealadh làraichean eile agus a' siubhal thuca is bhuapa as leth a' chompanaidh is na buidhne.

Cànan coinneamhan a' bhùird
'S i a' Ghàidhlig cànan-obrach a' Bhùird.

Cleachdar seirbhis eadar-theangachaidh gus seo a chur an gnìomh.

Cànan nam ball
Thèid cànan-obrach nam ball a stèidheachadh leis na buill fhèin, ach bhithear an dùil gun cleachdar a' Ghàidhlig aig gach tachartas ma tha sin air comas nam ball a tha an làthair

Fastadh luchd-teagaisg
Eadar 2009 agus 2012:

- thèid suidheachadh an luchd-teagaisg a thaobh na Gàidhlig a rannsachadh agus a thomhais
- nìthear cinnteach gum bi co-dhiù beagan Gàidhlig aig an luchd-teagaisg gu lèir ro shamhradh 2012
- thèid àireamh an luchd-teagaisg a tha fileanta ann an Gàidhlig àrdachadh ro shamhradh 2012

Thèid an obair seo a mhìneachadh agus a chur air bhog aig Coinneamh Bhliadhnail 2009.

Leasachaidhean a thèid a thoirt a-steach sa bhad:

- Feumaidh gach Fèis oifigear Gàidhlig ainmeachadh a bhios an urra ris a' phoileasaidh Ghàidhlig agus gach nì a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig rè na Fèise
- Feumaidh gach Fèis cùmhnant a dhèanamh leis gach neach-teagasg a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig an Fhèis. Faodaidh seo a bhith mar phàirt den chùmhnant choitcheann. NB: Tha sinn ag aithneachadh nach eil gach Fèis a' cleachdadh chùmhnantan; mura bheilear gan cleachdadh feumar cùmhnant fa-leth a chur ri chèile (le FnG)
- Feumaidh gach Fèis clas a chur air dòigh don luchd teagaisg air fad airson sùil a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean agus feallsanachd Iomairt nam Fèisean, agus airson abairtean is faclan feumail ionnsachadh don luchd-teagaisg nach eil fileanta.

Seirbhisean cànain do chompàirtichean
Feumaidh na buill teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann do chompàirtichean a tha fileanta sa chànan agus nithear cinnteach gun tèid comas-cànain nan com-pàirtichean a chlàradh aig a' chiad chothrom. Mur a h-eil àireamh nam fileantach àrd gu leòr airson clasaichean Gàidhlig a thabhann, feumaidh teagasg a bhith dà-chànanach.

Bidh a' Ghàidhlig air a teagasg do chom-pàirtichean aig nach eil Gàidhlig ann an co-dhiù aon seisean gach latha, le cur-seachadan/clasaichean aig ìre fhreagarrach. Cuirear clasaichean no cur-seachadan sònraichte air dòigh dhaibhsan a tha fileanta.

Far a bheil dìth luchd-teagaisg a tha fileanta, nithear gach oidhirp leis a' bhuidhinn trèanadh sa chànan a thoirt don luchd-teagaisg. Faic gu h-àrd.

Cànan an Luchd-teagaisg *Faic gu h-àrd*

- Luchd-teagaisg aig a bheil fileantas: cleachdar a' Ghàidhlig cho fada agus a ghabhas gus àrainneachd Ghàidhlig a dhaigneachadh.
- Luchd-teagaisg aig diofar ìrean-fileantais: cleachdar a' Ghàidhlig uiread 's a ghabhas. Thèid taic airgid a thoirt dhaibh no clasaichean a chur air dòigh gus an cuid chomasan Gàidhlig a thoirt air adhart.
- Luchd-teagaisg gun Ghàidhlig: ionnsaichear abairtean sìmplidh a ghabhas cleachdadh ann an teagasg gus mothachadh a thoirt air àrainneachd Ghàidhlig nam Fèisean. Thèid taic airgid a thoirt dhaibh no clasaichean a chur air dòigh gus seo a dhèanamh.

Coinneamhan poblach, tachartasan sònraichte is eile
Thèid coinneamhan poblach, tachartasan sònraichte is eile a chumail sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach, le seirbhis eadar-theangachaidh ga thabhann.

Sgioba-obrach

Fastadh
Anns an àbhaist bidh leughadh, sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean riatanach anns a h-uile dealbh-obrach ùr no ùraichte aig a' chompanaidh. Bidh na h-aon sgilean nam buannachd aig luchd-obrach
nam ball, agus tha iad riatanach aig luchd-obrach nam ball a tha tabhann teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.

Taic-cànain agus Trèanadh
Tha e air aithneachadh gum bi feum aig luchd-obrach a' chompanaidh agus nam ball air taic làitheil le sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt is tuigsinn na Gàidhlig is thèid goireasan a liubhairt mu choinneamh sin. Thèid structur pearsanta a stèidheachadh gu foirmeil airson taic cànain do luchd-obrach sam bith le uireasbhaidhean susbainteach anns na sgilean gu h-àrd a bhios a' bualadh air an obair aca.

Thèid ionnsachadh is leasachadh air na sgilean leughaidh is sgrìobhaidh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig a mheas mar thrèanadh a tha riatanach do dh'obair gach neach-obrach (pàighte no eile) aig a' bhuidhinn. Bidh seo mar phàirt de phròiseact-trèanaidh Fhèisean nan Gàidheal.

Fèisean nan Gàidheal

Plana Gnìomh airson poileasaidhean eile ùrachadh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2009.04(b)

Adhbhar a' Phàipeair
Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh le Deloitte an dèidh dhaibh a' coimhead ris na poileasaidhean againn san fharsaingeachd.

Cùis
Ged a chaidh cùmhnant a thoirt do Deloitte airson Clàr Chunnartan a leasachadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal, choimhead iad cuideachd air na poileasaidhean eile a tha againn airson dèanamh cinnteach gun robh iad freagarrach airson feumalachdan an latha an-diugh. A-mach às an aithisg sin (a tha air a cuairteachadh le pàipearan airson coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh air post-d) thàinig molaidhean airson ùrachadh air cuid de na poileasaidhean againn, agus airson poileasaidhean a stèidheachadh far nach eil iad ann an-dràsta.

Tha am Buidheann Ghnìomh air beachdachadh air na molaidhean agus tha iad air aonta a thoirt don Mhanaidsear Gnìomha agus don Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh obrachadh tro Phlana Gnìomh a tha a' leantainn, le dùil gun tigeadh na poileasaidhean uile gu coinneamh a' Bhùird anns an t-Sultain airson an aontachadh.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don Phlana Gnìomh le dùil gun tigeadh poileasaidhean ùra, agus an fheadhainn a tha air an ùrachadh, air beulaibh a' Bhùird anns an t-Sultain airson beachdachaidh agus aontachaidh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2009

REVIEW OF FÈISEAN NAN GÀIDHEAL POLICIES - ACTION PLAN					
Policy	**Action**	**Action Date**	**Implementation**	**Responsibility**	**Comments**
Remove all policies from website*	Remove apart from Child Protection Policy (mark as under review)	04/05/2009		Iona	
Access Policy*	Approval By Board - Copy to Anne	29/05/2009	30:05:2009	Anne/Arthur	To be approved at Board Meeting
Child Protection Policy	Reviewed and Amended - NSPCC	05/05/09 - 08/05/09	30:06:2009	Iona	David to review - Disclosure updates after 24 June meeting
Data Protection Policy	Data Protection to cover Data Handling and Management	11/05/09 - 15/05/09	22:05:2009	Iona	Anne to review
Taking Photographs in Schools	Inclusion in Data Protection Policy				
Environmental Policy	Policy to be revised	18/05/09 -22/05/09	29:05:2009	Iona	
Financial Procedures	Areas for Improvement	4/5/2009 -13/05/09	14:05:2009	Anne	Executive Group approval
Health & Safety	Areas for Improvement/ Suggested Actions	25/05/09 - 29/05/09	30:07:2009	Iona	Feedback from all Staff
Mobile Phones/Travel Policy*	Amend for FnG practices	04/05/2009	15:05:2009	Iona	Anne to add update to Handbook
Staff Handbook	Review areas for improvement	04/05/2009	15:05:2009	Anne	
Risk Assessment for an office environment	Finalise document	01/06/09 -05/06/09	30:07:2009	Iona	Communicate to all relevant parties
Working Alone in Safety	Update to make it specific to FnG	08/06/09 -12/06/09	30:07:2009	Iona	Communicate to all relevant parties/ monitoring of lone workers - David
Business Continuity Plan and IT	Additional policy	15/06/09-19/06/09	30:07:2009	Iona	
Manual Handling Policy	Additional policy	22/06/09-26/06/09	30:07:2009	Iona	Manual Handling course for all staff
Stress Management Policy	Additional policy	06/07/09-10/07/09	30:07:2009	Iona	
Training Needs Assessment	Additional policy	13/07/09-17/07/09	30:07:2009	Iona	
Cash Handling Policy	Part of Financial procedures	04/05/2009	14:05:2009	Anne	Executive Meeting approval
Update Website	All policies on the website	30/07/2009		Iona/ Anne	

Fèisean nan Gàidheal

Clàr Chunnartan agus Plana Stiùiridh Chunnartan
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2009.04(c)

Adhbhar a' Phàipeir
Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le leasachadh Clàr Chunnartan agus plana airson nan cunnartan a làimhseachadh.

Cùis
Bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gun deach cùmhnant a thoirt do Deloitte Clàr Chunnartan agus ro-innleachd airson nan cunnartan a làimhseachadh a leasachadh dhuinn. Aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd, chaidh aontachadh gun gabhadh am Buidheann Ghnìomh os làimh stiùireadh a' phròiseas, measadh a thoirt air làimhseachadh chunnartan agus aithisg a thoirt dhan Bhòrd aon turas sa bhliadhna.

Aig a' choinneimh mu dheireadh, cho-dhùin am Buidheann Gnìomh nach bu chòir ach mu 10 de na 67 cunnartan a bha air an comharrachadh a bhith anns a' Chlàr Chunnartan, airson gum biodh cothrom ann an làimhseachadh ann an dòigh iomchaidh. Tha na cunnartan air fad air an cuairteachadh anns na pàipearan airson coinneimh den buidheann ghnìomh air post-d a-mhàin. Bha grunn chunnartan a bha coltach ri chèile agus bha e comasach an cur còmhla, agus tha an Manaidsear Gnìomha air dreach Chlàr Chunnartan a chur ri chèile a tha anns na duilleagan a' leantainn seo.

Ged a tha làimhseachadh nan cunnartan a' buntainn ri buill a' Bhùird air fad, tha am Buidheann Ghnìomh air seo a ghabhail os làimh às an leth, agus gu làitheil 's iad na h-oifigearan a bhios a' dèilgeadh riutha.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird aonta a thoirt don Chlàr Chunnartan le fios gun tigeadh aithisg gu coinneamh a' Bhùird anns a' Ghearran mu na dòighean anns am bheilar gan làimhseachadh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2009

Rank	Risk #	Risk	Consequence / Impact	Likelihood	Total Risk (Impact * Likelihood)	Categorisation in Risk Matrix	Personnel affected	Risk Ownership	Responsibility	Mitigation	Date Identified	Last Updated	Action Date	Progress/ Future Action (RAG)
1	19	A lack of funding for projects / future development. Core funding by SAC, HIE and Highland Council is withdrawn resulting in a scale-down of activities.	4.3	3.5	15.1	**HIGH**	ALL	CEO	BOARD	Traditional funders are made aware of new funders limitations and kept informed of funding requirements. FnG continues to help funders achieve their objectives and targets as a partner. Awareness of possible alternative sources. Forward planning. Early discussions with funders. Political lobbying for support for traditional music and Gaelic arts.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Amber
2	16	Insufficient Gaelic speaking tutors. Insufficient tutors available /come forward	3.9	3.7	14.4	**HIGH**	Fèisean	Gaelic Officer	BOARD	Provision of Gaelic training, encouragement of new tutors to achieve fluency in Gaelic. Support packages. Provision of Gaelic training and music tutor training. Encouragement of new tutors from within Fèisean. Support packages.	25.08.08	20.11.08	Ongoing	Green
3	14	Insufficient volunteers come forward.	3.9	3.1	12.1	**HIGH**	Dev Team/Fèisean	Development Manager	BOARD	Identification of possible committee members and volunteers by existing committees. Encouragement to participate. Support from Development Team to avoid volunteer burn-out. Encouraging young people to take an interest and share responsibility. Encouraging parents to participate. Responsibility on all fèis personnel to encourage and support volunteers, through social gatherings and training events.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Green

4	12	Volunteer effort within the Feisean is unable / unwilling to adhere to policies / guidelines / legal requirements. Non-compliance with legal requirements and policies will result in an incident which damages the reputation of FnG. Loss of reputation due to child protection issues through lack of controls, e.g. failure to disclosure-check tutors A child is harmed due to the action or inaction of FnG, leading to loss of confidence and possible legal action. A child gets lost due to inadequacies in the registration system.	4.1	3	12.3	**HIGH**	ALL	Training & Policy Officer	BOARD	Training and awareness-raising sessions with staff and volunteers. Policies and guidelines published on the FnG website and implemented by Fèisean and Development Team. Ensure compliance & good practice by example and training opportunities. Early checking of potential tutors encouraged. Financial penalties for non-compliance, and expulsion for repeated non-compliance.Child Protection Policy in place. Risk Assessments for individual locations/activities carried out in advance of each fèis. Training and awareness-raising sessions for committees and volunteers. Assistance from staff members with implementation of policies, particularly Child Protection Policy and Guidelines. Importance of adherence to all policies underlined to members.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Green
5	51	A member of the management team leaves at short notice. Key staff members are lost to the organisation through external job offers leaving gaps in core operational areas.	4.1	3	12.3	**HIGH**	Staff/Fèisean	CEO	BOARD	Pay scales in line with sector. Recognition of over-reliance on single members of staff and alleviation of responsibilities where possible. Regular consultations with staff and encouragement of openess. Shadowing encouraged within all posts. Succession planning at appraisal and throughout employment. Exit interviews.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Green

6	46	Data is lost due to the lack of consistency in making back ups. Important data is lost due to equipment malfunction, fire, electrical storm, resulting in insufficient IT back-up control systems.	3.8	3.2	12.2	**HIGH**	Staff	Executive Manager / CEO	BOARD	Provision of portable hard drives. Contractual obligation on staff to ensure back-ups. Surge protection on IT equipment. Regular visual checks by staff on electrical equipment and necessary action taken.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Green
7	43	Numbers of Feisean continues to increase resulting in less support being available to each one. May reach over capacity of demand / supply (Fèisean)	3.5	3.4	11.9	**HIGH**	Fèisean	Development Manager	BOARD	Additional funding available through Development fund for extra classes, new approaches, etc. Efforts made to secure new funding. New fèisean are compliant with policies and ethos of Fèisean nan Gàidheal.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Green
8	35	Staff / funds are overcommitted to projects resulting in less flexibility and tighter controls in other areas. FnG takes on too much in an effort to surviveFnG become too focused in contract delivery in order to generate income, resulting in less support for the Feisean.	3.6	3.2	11.5	**HIGH**	ALL	Executive Manager	BOARD	Time, financial and project management controls implemented. Awareness of other projects ongoing in the organisation and expectations of time/financial commitments understood. Opportunities/Threat Analysis carried out for new projects. Good management practice. Likely benefits from new projects may outweigh risks.	25.8.08	20.11.08	Ongoing	Green
9	34	Insufficient funding for staff development resulting in inadequate development programme and resources for staff.	3.8	2.7	10.3	**HIGH**	Staff	Training & Policy Officer	BOARD	Ensure provision is made for staff development in core funding applications.	25.8.08	20.11.08	Annually - Feb 2010	Amber

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-Obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2009.05(a)

Neach-obrach	**Daibhidh Boag**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** **Adhartas**
1.1	**Thoir taic do 3 pròiseactan ùra aig a' char as lugha gach bliadhna tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean**
	Tha an sgeama seo a-nis dùinte agus feumaidh mi na h-aithisgean dheireannach a bhith agam ro 31 An t-Iuchar 2009. Ann an 08-09, tha sinn air taic a thoirt do 40 phròiseactan, le £76,113 a' cumail taic le phròiseactan luach £206,789.
1.10	**Cruthaich da Fhèis ùr gach bliadhna**
	Tha Fèis an t-Sratha (Blàr Ghobharaidh) agus Fèis Ghallaibh a-nis air stèidheachadh. Bha làithean aig Fèis Ghallaibh 21 Am Màrt agus 16 An Cèitean agus bidh a' chiad latha aig Fèis an t-Sratha 23 An Cèitean.
1.11	**A' toirt taic leasachaidh do Fhèisean.**
	Tha mi a' cumail taic le na h-oifigearan leasachaidh air fad, agus tha iadsan a' cumail taic le na Fèisean aca mar phrìomh oifigearan. Tha Fiona Dalgetty a-nis ann an dreuchd mar Ceannard aig Fèis Rois, agus ged a tha mi fhathast a' cumail taic leotha, chan eil e aig an aon ìre sa bha e. Bha mi gu mòr an sàs le iarratas mòr a chuir sinn a-steach dha LEADER ann an ceithir sgìrean diofraichte. Tha sinn ag amas air taic a' cumail dha na "Cèilidhean air Cuairt" bho 2010 – 12. Tha mise an sàs le Fèis Obar Dheathain, Fèis Foirth, Fèis Dhùn Eideann, Fèis Gallaibh agus Fèis an t-Stratha mar phrìomh oifigear na Fèise.
2.4	**Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra**
	Bha mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air pròiseact "Freumhan" a chuir air dòigh ann an Ceann Loch Goibhle, 6 – 10 An Giblean. Se Fèis ùr dha deugairean tro mheadhan na Gàidhlig a bh' ann agus se tachartas air leth soirbheachail a bh' ann. Tha an sàs leis na sgioban drama agus Gàidhlig fad na h-ùine, agus tha ath-sgrìobhaidh den phoiliseadh Gàidhlig FnG mar phàirt de sin.
4.2	**Fèis Blas 2009**
	Chur sinn am pròg ram Blas 2009 air bhog ann an taigh-staile "Glen Ord" 14 An Cèitean agus nam bheachdsa se am pròg ram as fheàrr a rinn sin gu ruige seo. Bidh mi nam cathraiche aig coinneamhan den bhuidheann gnìomh a h-uile mìos agus tha mi a' riochdachadh FnG air Bòrd Blas. Tha mi air leth thoilichte leth cuisean airson na Fèise am bliadhna agus tha sinn air obair thòiseachadh airson na Fèise 2010.
4.6	**Gnìomhan Eadar-Fèisean**
	Tha Fèisean anns na h-Eileanan Siar ag obair an dràsta air phròiseact "Ar Dachaidh" a chur air dòigh mar phàirt den Fhèis Cheilteach Innse Gall ann an Steòrnabhagh 18 An t-Iuchar. Tha Fèis an Earraich agus Fèis Lochabair ag obair ri chèile air turas a chuir air dòigh gu Fèis anns a' Ghearmailt anns an t-Òg Mhìos agus tha Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile ag obair ri chèile air pìos ciùil a chuir air dòigh airson Blas 2009.
5.3	**Solarachadh do dheugairean taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean.**
	Tha planaichean a' dol air adhart mar bu choir airson an Sgoil Shamhraidh Drama ann am Port Rìgh 6 – 16 An t-Iuchar agus Fèis Alba air a' Phloc 6 – 10 An t-Iuchar. Tha tòrr Fèisean ag uallachadh airson Cèilidhean air Cuairt ged a tha tòrr mi chinnt ann mu dheidhinn taic-airgid. Tha tòrr Fèisean a' ruith tachartasan sònraichte airson nan deugairean aca leithid Fèis Eilean an Fhraoich a tha ruith Fèis Deugairean aca a-rithist am bliadhna as dèidh toiseach toiseachd sònraichte an uiridh.
6.1	**Ag obair ann an co-bhonn le buidhnean eile.**
	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair ann an co-bhonn le diofar bhuidhnean gus na pròiseactan againn a chur an gnìomh. Tha sinn a' conaltradh le buidhnean Gàidhlig, buidhnean ealain, ughdarrasan ionadail, coimhearsnachdan is companaidhean.
6.3	**Ceangalan Eadar-Nàiseanta**
	Chì thu 4.6
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Tha a h-uile cothrom gum bi an consairt "Ar Dachaidh" aig an Fhèis Ceilteach Innse Gall am bliadhna taisbeanadh air leth soirbheachail dha na Fèisean, agus se cothrom dha-rìribh a th'ann aig na Cèilidhean air Cuairt agus Fèis Blas dha na Fèisean.

Luchd-obrach	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.1	**Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tabhartasan air an tabhann do 42 Fèisean (34 ann an sgìre IGE), pàigheadh a-mach £333,504.50 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £194,448.92 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 41 Fèisean.
1.2	**Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail**
	3945 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2008-09 mar phàirt de thairgse tabhartais. Bha luchd rianachd nam Fèisean aig an Fhèis Trèanaidh air deireadh sheachdain 14/15 Am Màrt 2009 mar cùmhnant de'n sgeama thabhartasan nam Fèisean 2008-09. Tha stòr-data air a cur ri chèile le ainmeannan luchd rianachd nam Fèisean.
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Tha an Co-labhairt Bhliadhnail 2009 gu bhith ann air 25/26 An t-Sultain. Tha àite fhasthast ri cuir air dòigh.
1.4	**Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile**
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a bha iomchaidh bho cionn goirid. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.6	**Dèanamh cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure Scotland aig luchd-teagaisg agus saor thagraichean nam Fèisean**
	Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas agus ga ùrachadh airson luchd teagasg agus saor thagraichean air an stòr-data a h-uile tri bliadhna.
1.6	**Poileasaidh Cùram Chloinne (Targaid SAC)**
	Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagaisg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh.

Staff member	**Iona NicDhòmhnaill**
Job Title	**Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh**
Period of Report	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.2	**A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich**
	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh. A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn Leantainneach. Ag obair air ath-sgrìobhadh de phoileasaidhean agus dòighean-cleachdaidh an-dràsta. Air an toirt a nuas bhon làrach lìn fhad's a tha sinn ag obair orra.
•	**Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich** Chaidh FT09 (14/15 Am Màrt 2009, Ben Wyvis Hotel, Strathpeffer) a chumail gu soirbheachail. Bha mu 60 neach ann, agus fhuaras trèanadh air iomadh cuspair – cultair, sàbhailteachd agus gnothaichean ghnìomhachais nam measg. A rèir na foirmlichean measaidh a thill, bha muinntir nam fèisean glè thoilichte leis na fhuair iad, agus tha iad airson's gun cùm sinn a' phròram gu math coltach leis na bha againn am bliadhna. Thèid pròram ùr fhoillsicheadh aig deireadh an Dàmhair 09.
•	**Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig** Leantainneach – seiseanan air òrain agus geamaichean do chlann sa Ghàidhlig air a thoirt seachad aig FT09 le D Beck, C A Mac a' Mhaoilean agus Eilidh NicCoinnich, agus chùm sinn clasaichean Gàidhlig fhèin. Tha clasaichean Ulpan air tòiseachadh aig Fèis Rois agus Fèisean Loch Abair. Tha luchd-obrach air a dhol tron trèanadh Ùlpan (mar luchd teagaisg).
•	**Sgeama Luchd-rianachd (Annualised Hours Workers)** Chaidh iarraidh air luchd-rianachd a bhith ann aig FT09, agus chaidh a h-uile cuideachadh a thoirt dhaibh. Bha e feumail dhaibh cuideachd mar bhuidheann-taic agus a bhith bruidhinn ri daoine a tha "san aon bhàta", a bharrachd air na cuspairean fhoirmeil a chaidh a thoirt seachad.
1.3	**Co-labhairt Bhliadhnail**
	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail(Targaid CEA)
	Ri rèiteachadh aig a' bhòrd fhathast. A' sireadh bheachdan airson madainn Disathairne (Seiseanan trèanaidh –

	cultarail no a tha a' cuideachadh le rianachd/eagrachaidh a tha feumail agus inntinneach do na fèisean).
2.3	**Leasaich dòighean gus ar Poileasaidh Ghàidhlig a' libhrigeadh an taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal** (Trèanadh) Cùrsaichean Gàidhlig (18 mìosan, seachdain, dà latha, agus cùrsaichean freagarrach eile) air a thoirt seachad le Sabhal Mòr Ostaig, Fèisean nan Gàidheal agus buidhnean uidheamaichte eile air an cur gu feum.
3.4	**Foghlam fhoirmeil eile** Acadamaidh nam Fèisean agus TMTTN sàmhach an-dràsta ach a' leantainn air adhart. A' bruidhinn ri Highlands & Islands Programme Partnership air 19 An Cèitean air maoin Eòrpach do Acadamaidh nam Fèisean. (20/5 - Chan eil cus dòchais ann, tha e coltach)
4.5	**GASD** Sàmhach an-dràsta. Air a thighinn gu deireadh a' phròram.
4.7	**Lìonradh Trèanaidh airson Luchd-teagaisg Ceòl Traidiseanta – TMTTN *(Traditional Music Tutor Training Network)***
	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a' brosnachadh, a' cur air dòigh agus a' gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus lìbhrigeadh ceòl traidiseanta (Targaid CEA)
	Oifigear Leasachadh Trèanaidh ri coinneamh den TMTTN a ghairm ro dheireadh an Lùnastail 07 gus adhartas ath-thòiseachadh Chumas coinneamh air 5/10/07, far an robh daoine airson an TMTTN a cumail a' dol, gu sònraichte a bhith 'g obair air teisteanasan fhoirmeil do luchd-teagaisg agus a' cumail choinneamhan fiosrachaidh –bha agam ri co-labhairt ann an Inbhir Nis a chur dheth, gus am faighinn fios bhon SAC air mar a bha an TMTTN a' seasamh a-thaobh na buidhnean eile (mar TMF). 5 dhaoine ùire air aontachadh gun tig iad air bòrd. Chumas coinneamh le Ian Smith, Art, David Francis agus daoine eile, agus bha an SAC gu math taiceil, ach ag iarraidh orm aithisg a chur thuca leis na feumalachdan againn agus mar a bha sinn a' faireachdainn a-thaobh na buidhnean eile . Chaidh aithisg gu Ian Smith, agus 2 email bhon uair sin, ach fhathast a' feitheamh ri freagairt.
5.2	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail**
	Lìbhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE)
	Thathar an dùil gun tèid an targaid seo a choileanadh leis an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Mhàirt 2009 Chaidh seo a choileanadh le 22 Fèisean aig FT09.
	Lìbhrig trèanadh do 50 neach-teagaisg agus neach-eagrachaidh gach bliadhna (Targaid IGE) Chaidh seo a choileanadh le 60 neach-eagrachaidh aig FT09, agus 25 luchd-teagaisg aig Trèanadh Luchd-Teagaisg sa Ghearran 09. Mar sin, tha sin air trèanadh a lìbhrigeadh do 85 daoine am bliadhna.
	Lean air adhart le Pròram Trèanaidh san-taigh (Targaid IGE) A' cumail 4 làithean gach bliadhna airson Gàidhlig. Inntrigeadh in-taigh (induction) a' dol air adhart le manaidsearan a rèir feum. 2 Neach-obrach ag obair a dh'ionnsaidh teisteanasan foirmeil le taic bho Fèisean nan Gàidheal. A' cumail choinneamhan luchd-obrach far am bi cothrom naidheachd a chluinntinn agus a thoirt seachad air phròiseactan a tha a' dol air adhart, agus gum faighear cothrom trèanaidh mar bhuidheann bho àm gu àm (Thathar an dùil latha a chur air dòigh airson Ciad Chobhair mar chuspair às t-samhradh.

Luchd-obrach	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2009 air 25/26 An t-Sultain.
1.5	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**.
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Ghallaibh, Fèis Cheann Loch Goibhle, Fèis an Earraich, Fèis Latharna, Fèis Glaschu, and Fèis Innis an Uillt
1.6	**A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh**
	Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson aon clàrsaich agus aon

	accordion.
1.7	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**.
	Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.8	**Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean**
	Tha Fèisean air a bhith reic leabhraichean fad na bliadhna. Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte a-nise airson leabhraichean a' cheannach.
1.9	**Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile**
	Chaidh Faileas a mach deireadh Am Màrt agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An t-Òg Mhios.
6.4	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le 10 pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil agus 3 Pìosan de Chòmhdach nàiseanta gach Bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta (Targaid CEA)
	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
6.6	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Neach-obrach	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann	**1 Adhartas air Targaidean Fèisean nan Gàidheal a tha a' buntainn riumsa**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.9	**Thoir taic do leasachadh nam Fèisean fa-leth, a' brosnachadh sàr dhòighean-obrach agus ag àrdachadh na h-àireimh de thachartasan a nì iad.**
	Deasachadh agus sgaoileadh naidheachd agus fiosrachadh eile
	Mar as trice bidh mi a' sgrìobhadh co-dhiù aon airtigeal airson gach iris de dh'Fhaileas, a' toirt iomradh air na tachartasan dràma anns an robh mi an sàs.
2.1	**Leasaich mar a chleachdar a' Ghàidhlig taobh a-staigh iomairt nam Fèisean, a' leasachadh an fhacail labhairte mar dhòigh conaltraidh agus meadhan teagaisg, a rèir feumalachdan sgìre na Fèise.**
	Leasaich agus àrdaich cothroman an cànan agus an cultar a chleachdadh tro phoileasaidh Gàidhlig agus leasachadh Sgoil Shamhraidh Dhràma (targaid SAC).
	Bidh mi a' bruidhinn gu tric ris an oifigear Ghàidhlig air gnothaichean a tha a' buntainn ris a' phoileasaidh Ghàidhlig, an dà chuid a' tabhann agus a' tairgse comhairle. A thaobh a bhith a' cur a' phoileasaidh ann an gnìomh, bidh mi a' tabhann taic a thaobh eadar-theangachadh agus obair-deasachaidh don oifigear Ghàidhlig, don luchd-obrach air fad, agus do na Fèisean, mar a tha iomchaidh. Bidh An Sgoil Shamhraidh Dhràma (SSD2009) a' gabhail àite ann am Port Rìgh eadar 6 agus 17 Iuchar 2009. Tha sinn air òstail na h-Àrd-sgoile fhaighinn a-rithist, agus 's ann anns an àrd-sgoil ùr a bhios na clasaichean gan ruith. 'S e Artair Donald a bhios againn mar stiùiriche, agus bidh Artair ag obair còmhla ri sgioba de luchd-teagaisg eile, nam measg Catrìona Lexy Chaimbeul, Ruairidh MacNeacail agus Wilma NicUalraig. Tha grunn math air cur a-steach airson na Sgoile mar-thà, agus bidh agallamhan a' tòiseachadh a dh'aithghearr.
2.5	**Leasachadh Dràma na Gàidhlig**
	Cuir sreath de dh'Fhèisean Dràma air dòigh (targaid SAC)
	Tha na pròiseactan sna sgìrean a leanas a-nise deiseil: • Loch Abar agus Earra Ghàidheal (chaidh feasgar math de dhràma a chumail anns an Òban air 6 Cèitean. Chunnaic sinn seachd dealbhan-cluiche bho shia sgoiltean) • Leòdhas (chaidh trì dealbhan-cluiche a thaisbeanadh san Lanntair air 18 Cèitean bho thrì sgoiltean, ged a bha seachd sgoiltean uile gu lèir an sàs anns a' phròiseact. Thàinig 55 a choimhead nan dealbhan-cluiche) Tha oidhcheannan taisbeanaidh rin tachairt fhathast anns na sgìrean a leanas: • An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse (28 Cèitean ann an Àros) • Uibhist agus Barraigh (4 Ògmhios ann an Talla Sgoil an Iochdair) • Ros, Inbhir Nis agus Bàideanach (8 Ògmhios ann an Ionad Coimhearsnachd Mharc Innis) Tha sinn cuideachd air tòrr taice fhaighinn bho Eden Court a thaobh nam pròiseactan dràma, agus a thaobh rudan eile co-cheangailte ri dràma. Tha Ruairidh MacNeacail a' dèiligeadh leis na pròiseactan ann an Ros, Inbhir Nis, Bàideanach agus Inbhir Narann, agus tha Debbie NicAoidh agus Aonghas a' dèiligeadh leis a' chòrr. Tha mi fhìn air tadhal air corra sgoil.

	Tha sinn air mothachadh gur dòcha nach e seo an t-àm as fheàrr den bhliadhna airson pròiseactan mar seo a ruith; feumar coimhead air seo ma tha sinn gu bhith gan ruith a-rithist.
	Lìbhrig co-dhìu dà Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid HIE)
	Faic shuas
	Lìbhrig Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid BnG)
	Faic shuas
	Meas buannachdan na Sgoile Samhraidh (Targaid BnG)
	Chaidh foirm-measaidh a thoirt seachad don a h-uile com-pàirtiche (18) agus chaidh 15 a thilleadh. A bharrachd air sin, chaidh seisean measaidh a chumail, a chaidh a fhrithealadh leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean, air latha mu dheireadh na Sgoile, agus chaidh seisean measaidh fa-leth a chumail airson an luchd-teagaisg. Bidh na beachdan a fhuair sinn bho na com-pàirtichean agus bhon luchd-teagaisg cuideachail dhuinn nuair a bhios sinn a' planadh airson na h-ath Sgoil Shamhraidh. A' leantainn air cuid de na beachdan a fhuair sinn an-uiridh, bidh cha mhòr a h-uile duine den luchd-teagaisg fileanta sa Ghàidhlig.
3.3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh saoghal an fhoghlaim fhoirmeil**
	Meanbh-chuileag ri tadhal air 5 sgìrean LEC gach bliadhna (Targaid HIE)
	Eadar toiseach a' Ghearrain agus deireadh a' Mhàirt thadhail Meanbh-chuileag air a' mhòr-chuid de bhun-sgoiltean Gàidhlig leis an dealbh-chluich ùr Ghàidhlig *Eilidh ag Eilthireachd*, a leasaich sinn bho bheachd-smuain a bha aig Gilleasbuig Fearghasdan. Chaidh na rehearsals a chumail ann an Glaschu fo stiùir Artair Donald. Bha a' chuairt gu math soirbheachail, le deagh *feedback* bho thidsearan. Bha duilgheadasan againn a thaobh nan cleasaichean a bhith tinn air a' chuairt seo, ge-tà. Rinn sinn ar dìcheall an clàr-ama atharrachadh cho fad 's a b' urrainn dhuinn, ach b' fheudar dhuinn beagan sgoiltean a chur dheth. Chuir Debbie agus Aonghas seachdain seachad ann an sgoiltean Sgìre Gheàrrloch o chionn cheala-deug le dealbh-chluiche mu Choinneach Odhar a bha ag amas air blasad den Ghàidhlig a thoirt don chloinn. Chaidh an obair seo a dhèanamh ann an co-bhonn ri Meur Pholl Iù a' Chomainn Ghàidhealaich.
5.3	**Leasaich trèanadh do dhaoine a tha an sàs ann an Iomairt nam Fèisean agus airson sàr-mhathas anns an Iomairt a bhrosnachadh.**
	Iomairtean do dheugairean
	Thathar den bheachd gum bi buaidh a ghabhas tomhais, thairis air grunn bhliadhnaichean, air comasan dràma, comasan cànain, sgilean eadar-dhaoine dhaoine òga, agus cuideachd air a' bheachd a th' aca air a' Ghàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig. Tha na fhuaradh de mheasadh bho chom-pàirtichean na Sgoile Samhraidh a' nochdadh gu bheil iomairtean a leithid seo a' còrdadh ri daoine òga agus gum bi iad gam brosnachadh gu bhith a' meas na Gàidhlig mar nì chudromach. Tha e mar amas aig sgioba Ghàidhlig FnG barrachd a dhèanamh gus deugairean a thàladh don chànan, agus tha cuid de na h-iomairtean dràma air leth freagarrach airson seo a dhèanamh.
	Brosnaich ceanglaichean eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh nam Fèisean tro thaisbeanaidhean mòra agus conaltradh le na meadhanan.
6.1	**A' cruthachadh cheanglaichean**
	Tha sinn an-dràsta ag obair gu dlùth le À Eden, agus bidh an dàimh seo a' leantainn thar nam mìosan a tha a' tighinn. Tha Debbie NicAoidh air a bhith an sàs anns a' mhòr-chuid de na dealbhan-cluiche againn am-bliadhna, agus tha i a-nise an sàs ann a bhith a' coileanadh nam pròiseactan dràma sna sgoiltean. Bidh sinn a' dèanamh obair leis an Stòrlann Nàiseanta air cuairt timcheall àrd-sgoiltean, agus 's dòcha le LTS air obair ann am bun-sgoiltean. Tha sinn dìreach air sreath de bhùthan-obrach Gàidhlig a ruith ann am bun-sgoiltean Siorrachd Pheairt às leth Comhairle Pheairt agus Chinn Rois. Thadhail mi fhìn, Calum Alex, Emily agus Deirdre Ghreumach air sia sgoiltean, agus bha na bùthan-obrach seo air leth soirbheachail. Bha mi an sàs ann an Latha Spòrs Mòr ann an Sruighlea o chionn seachdain. Chaidh an tachartas seo a ruith le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comunn na Gàidhlig. Mar a thuirt mi gu h-àrd, chuir Debbie agus Aonghas seachdain seachad ann an sgoiltean Sgìre Gheàrrloch o chionn cheala-deug le dealbh-chluiche mu Choinneach Odhar a bha ag amas air blasad den Ghàidhlig a thoirt don chloinn. Chaidh an obair seo a dhèanamh ann an co-bhonn ri Meur Pholl Iù a' Chomainn Ghàidhealaich.
6.6	**Làrach-lìn agus ICT**
	Bidh mi a' cùr ri làrach-lìn FnG mar a tha iomchaidh.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	'S e cothrom air leth a th' ann an dràma airson tàlantan dhaoine òga a thaisbeanadh, agus 's e deagh eisimplear de seo a bhios ann an oidhche thaisbeanaidh na Sgoile Samhraidh. Bidh oidhche thaisbeanaidh a' toirt gach pròiseact dràma gu crìch cuideachd.

Neach-obrach	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Oifigeir Gàidhlig**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities**
1.2	**Reducing the burden on volunteers**
	Poileasaidhean air a dhèanamh na fhasa airson luchd saor-thoileach a libhrigeadh Tha am poileasaidh Gàidhlig ga ùrachadh an-dràsta agus thèid an sgaoileadh san cuir an gnìomh bhon t-Sultain 2009. Bidh e rim faotainn mar copaidh cruaidh agus thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. Tha grunn mhath dha na Fèisean air poileasaidhean dhaibh pèin a' sgrìobhadh thairis air an dà bhliadhna a-chaidh. Tha barrachd a tighinn thugam a-nis, an dà chuid son poileasaidhean a sgrìobhadh agus son poileasaidhean ùrachadh.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA) Tha Dougie, Emily 's mi fhìn air a bhith ag obair air ath-sgrùdadh den phoileasaidh Gàidhlig. Chaidh taisbeanadh a dhèanamh aig coinneamh luchd-obrach agus thèid taisbeanadh a dhèanamh aig coinneamh a' bhùird aig deireadh a' Chèitean. Tha sinn air beachdan a shireadh bho luchd-obrach agus buill a bhùird. Tha na Fèisean air tòrr obair math a dhèanamh gus am poileasaidh Gàidhlig a chuir an gnìomh thairis air na bliadhnaichean a-chaidh agus tha mi 'g obair gu dlùth leotha gus an tèid amasan a' phoileasaidh a choileanadh. Bidh am poileasaidh ùr rim faotainn bho Sultain 2009. Tha sinn a' toirt tòrr taic do Fèisean le bhith 'g eadar-theangachadh an fhiosrachadh a tha iad a sgaoileadh. Tha mi ag obair le na h-oifigearan leasachaidh bho latha gu latha gus dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean a' faighinn an taic a tha iad a feumachadh.
	Tha na Fèisean, le taic bho na h-oifigearan leasachaidh 's mi-fhìn, a' leasachadh poileasaidhean Ghàidhlig dhaibh pèin. Bidh iad seo ag innse na cur-seachadan a tha iad a' ruith agus an ìre de Ghàidhlig tha iad a' cleachdadh. Thathar an dòchas gum bi na planaichean seo na bhrosnachadh do na Fèisean son Gàidhlig a leudachadh aig na tachartasan aca. Tha mi air a bhith a deasachadh poileasaidhean ùra agus a' leudachadh cuid dhan na seann poileasaidhean a tha aig na Fèisean. Bidh mi ag obair gu dlùth le na h-oifigearan leasachaidh bho latha gu latha airson taic a chumail ri na Fèisean. Rinn Dougie 's mi fhìn bùth-obrach cur-seachadan Gàidhlig aig a' Mhargaidh Trèanaidh anns a' Mhàrt.
2.2	**Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig**
	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail. Tha an Sgioba-g air a bhith trang a-rithist am bliadhna. Bidh iad a' gabhail pàirt ann am Fèis Mhoireibh aig deireadh a' Chèitean. Tha cuid dha na Fèisean samhraidh air cuireadh a thoirt do Sgioba-G agus tha mi air taic a thoirt do Fèisean eile le cur-seachadan a bhios iad fhèin a libhrigeadh. Tha sinn an còmhnaidh a' leudachadh air na cur-seachadan a tha againn. Tha mi cuideachd gu bhith a' sireadh barrachd daoine airson ar stòr-data son Sgioba-G.
2.3	**2.3 Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**

	Tha àireamh mhath dha na Fèisean a tighinn thugam son taic le eadar-theangachadh agus airson stuthan Gàidhlig a thoirt dhaibh. A bharrachd air seo tha mi a' feuchainn a dèanamh follaiseach dha na Fèisean eile gu bheil an seòrsa taic seo rim faotainn dhaibh uile. Bidh mi ag obair gu dlùth le na h-oifigearan leasachaidh son dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean a' faighinn an taic a tha dhith oirre gus fiosrachadh a thoirt seachad anns an dà chànan agus gu bheil iad a cuir am poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. **Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BNAG)** Tha an stòr-data de dh'fhaclan is abairtean feumail air an làrach-lìn againn. Thèid barrachd liostaichean a chuir an àrda anns an àm ri teachd agus thèid leasachadh a dhèanamh air na th'againn air an làrach chun a seo. **Cùrsaichean Gaidhlig agus Stuthan Ghàidhlig son Fèisean (Targaid BnaG)** Tha mi air cuideachadh a thoirt do Fèisean le stuthan Gàidhlig agus pasgain cur-seachadan air na mìosan a dh'fhalbh. Tha na seòrsa stuthan seo agam deiseil son sgaoileadh sa bhad.
2.4	**Develop wholly Gaelic-medium Fèisean and Gaelic medium tuition at existing and new Fèisean**
	Barrachd Fèisean tro Mheadhan na Gàidhlig Tha na Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig a ruith mar bu choir le na h-àireamhan a tha gan frithealadh uamhasach fhèin math. Choinnich mi ri Fèis na h-Òige anns a' Ghiblean airson bruidhinn mun a' phlana leasachaidh aca agus tha e na bhrosnachadh mhòr dhomh fhaicinn cho misneachail sa tha iad son na h-amasan aca a choileanadh. Bidh mi ag obair le na Fèisean son rannsachadh a dhèanamh a thaobh cothroman son Fèisean a bhith ruith clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig na Fèisean aca son na com-pàirtichean a tha fileanta sa chànan.

Neach-obrach	**Emily Edwards**
Dreuchd	**Òigear Thasglann agus Pròiseactan Sònraichte**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann	**1 Adhartas air Targaidean Fèisean nan Gàidheal a tha a' buntainn riumsa**
Targaid	**Targaid** Adhartas
4.4	**Pròiseact nan tasglann ri steidheachadh**
	Tha Fèis Air An Oir a-nis air crìoch a chuir air an leabhran airson Pròiseact nan Tasglann a tha làn sgeulachdan agus òrain na sgìre agus thèid e a chur air bhog aig deireadh teirm na Fèise air 20mh Ògmhios. Tha iad cuideachd ag obair air bratach a bhios a' sealltainn ìomhaigheachd an òran ionadail Sgeir An Oir a bhios air a crochadh ann an Talla Srathaidh. Chuir Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile crìoch air na bùitheantean-obrach sgrìobhadh ùr agus bidh na sgeulachdan aca mar phàirt de leabhran na pròiseict. Bidh com-pàirtichean a' cur consart 30 mionaid air le òrain is cèol Cùil-lodair mar phàirt de thachartasan Tilleadh Dhachaidh 2009 aig Ionad Tadhail Blàr Cùil-lodair. Tha com-pàirtichean Fèis Ceann Loch Goibhle a' cumail a' dol le a' dèanamh agallamhan còmhla ri muinntir Gàidhlig Earra-Ghàidheal agus tha sinn an dùil crìoch a chuir air a' phròiseact Samhain 2009. Chaidh iarrtasan an cuir a-mach gu Fèis a' Chaolais, Fèis an t-Sratha agus Fèis Lochabair aig a bheil ùidh pàirt a ghabhail anns a' bhliadhna mu dheireadh den phròiseict, a bhios a' tòiseachadh anns an t-Sultain.
6.3	**Ceanglaichean Eadar-Nàiseanta**
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Ghabh com-pàirtichean Fèis na h-Òige pàirt ann an co-fharpais sgrìobhadh ùra aig Ionad Tadhail Blàr Cùil-lodair far an d' fhuair dithis aca a' chiad agus an darna àiteachan agus fhuair iad cuireadh gan leughadh a-mach aig an t-seirbhis cuimhneachaidh 18 Giblean. Tha mi cuideachd air a bhith ag obair air làrach-lìn Blas.

Neach-obrach	**Nicola Marshall**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**

	Bidh planaichean airson na Fèisean Samhraidh a' tighinn air adhart. Bidh Fèis h-Òige agus Fèis Chataibh a tachairt anns a' chiad seachdain de làithean-saora na sgoile agus tha Fèis Mhoireibh a' coimhead air adhart ri deireadh-seachdain soirbheachail eile am mìos seo le faisg air naochad compàirtichean. Fhuair Fèis Spè taic-airgid bho LEADER airson an obair leantainneachd aca cumail a' dol agus airson pròiseactan ùr a' leasachadh anns a ' Phàirc Nàiseanta air fad. Fhuair Fèis Chataibh taic-airgid, cuideachd bho am Prògram Cultar na Gàidhealtachd airson comharraicheadh am 20mh ceann-bliadhna aca. Bidh Fèis Inbhir Narann ag obair air sreath ùr de bùthan-obrach obair-còmhlan airson deugairean an dèidh Fèis soirbheachail anns a' Ghearran. Tha Fèis Air an Oir an sàs ann am pròiseact tasglann agus tha iad trang an-dràsta a' cuir crìoch air an leabhar ùr aca. Bidh iad ga chur air bhog aig a' Mhòid ionadail, ma bhios e deiseil. Bidh Fèis a' Chaolais deiseal leis na bùthan-obrach aca aig deireadh na h-Òg mhios agus bi mi ag obair còmhla riutha air planaichean son an teirm ùr.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a-rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha Calum Ailig is mi fhèin ag obair gu dlùth ri chèile gus taic a thoirt dha na Fèisean leis na planaichean Gàidhlig aca. Thachair am Fèis ùr – Freumhan, ann an Ceann Loch Goibhle ann an saor-làithean na Caisge a-rèir na planaichean againn agus bha còig-deug compàirtichean an làthair bho air feadh na dùthcha. 'S e measgachadh de theagasg ciùil agus cur-seachadan air an taobh a-muigh a bha anns an fhèis agus chòrd an seachdain ris a h-uile duine. Bha an seachdain gu math soirbheachail agus tha mi an dòchas gum bi sinn a' leasachadh am pròiseact seo anns na bliadhnaichean a tha ri thighinn.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Bidh Fèis Spè, Fèis an Earraich, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean. Bha coinneamh agam o chionn ghoirid le Fèis Rois, Fèis Spè agus oifigear Iomairt Ciùil Òigridh ann an Siorrachd Obar Dheathain far an deach còmhradh a chumail mu na ceanglaichean a ghabhadh a stèidheachadh eadar na pròiseictsan aca agus mar a ghabhadh pròiseactan ùr a leasachadh ann an Siorrachd Obar Dheathain.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth.**
	Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas. Bidh Fèis Alba 2009 air a' Phloc bho 6 gu 10 Iuchar. Tha na Cèilidhean air Chuairt air fad a' tighinn air adhart agus tha mi ag obair leis na Fèisean air na buidseatan aca. Bha mi an sàs leis na deuchainnean-cluiche airson Cèilidhean air Chuairt sa Mhonadh Ruadh air 19 Giblean. Tha mi air a bhith ag obair còmhla ri Daibhidh air iarrtais eadar-sgìre a thèid a chur gu LEADER airson na Cèilidhean air Chuairt. Ma bhios seo soirbheachail, bidh sinn a' leasachadh na Cèilidhean air Chuairt air fad eadar 2010-2013.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	• 13 Gearran – Coinneamh Oifigearan Leasachaidh • 14/15 Gearran – Fèis Trèanaidh • 19 Giblean – Deuchainnean-cluiche airson Cèilidhean air Chuairt sa Mhonadh Ruadh • 23 Giblean – Coinneamh luchd-obrach • 29 Giblean – Coinneamh ICO, Eilginn Tha mi an dòchas gum bi mi a' dèanamh cùrsa ann an BSL anns na mìosan a tha tighinn.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Tha Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile ag obair gu math cruaidh gus airgead a' thogail airson na bùthan-obrach aca. Bidh seo a' crìochnachadh le ceathrad compàirteachan eadar aois 10 agus 16 a' cluich air an àrd-ùrlar ann an Eden Court mar phàirt den Fhèis Bhlas. Bidh na Cèilidhean air Chuairt a' cluich aig Blas cuideachd.

Neach-obrach	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Bha bùithann obrach aig Fèis Cholla. Bha iad an a sgeulachdan, òrain Ghàidhlig agus geamannan le clann òga. Chuir Fèis Dhùn Bhreatainn luchd teagasg timcheall sgoiltean a dèanamh obraichean traidiseanta. Tha Fèis Dhùin Omhain fhast trang ris a làrach linn aca chuir air dòigh còmhla ris an sgoil ghràmar agus tha iad cuideachd a dèanamh clasaichean bocsa da uair sa mhios. Bha da fhèis aca a dèanamh bhidio, pìob, bocsa agus fidheall. Bha fèis dhearradh seachdain aig muinntir Cheann Loch Goibhle le obair ceòl agus mar as àbhaist, streap, agus seòladh air Loch Goibhle. A bliadhna bha cor agus 100 clann aig Fèis Latharna agus airson a cheud turas bha iad a dèanamh drumaireachd còmhla ri pìobairean òg an Obainn. A bharrachd air a sin bha clasaichean aca cuideachd teagasg pìob bheag. Bha fèis bheag laoch aig Muile le cor agus 30 daoine òga cuideachd.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Bhà fèis ùra airson deugairean an a Ceann Loch Goibhle agus bhà e troimh meadhain na Gàidhlig. Bha iad cuideachd ag ionnsaidh streap, agus seòladh agus chòrd e fior mhath ris a huile daoine. Bhà fèis dhrama Earra Ghàidheal ann cuideachd ach air an latha agus an a Talla Choran san Oban. Bha duaisean ann airson a chiad turas riamh agus thaing buidheann a nuas bhon Ghearasdan airson pàirt a ghabhail airson sin.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim fo'irmeil.**
	Tha a pròiseact na sgoiltean aig Fèis Cheann Loch Goibhle a dol gu math agus tha iad a còmhradh ris na sgoiltean airson pìosan bàrdachd a dhèanamh airson a DVD. Tha a làrach linn aig an Ard Sgoil aig Dùn Omahin gus a bhi deiseal. Bha latha Gàidhlig aig sgoil an Apainn agus tha iad an dòchas seo a dhèanamh a rithist.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha Comhairle Earra Ghàidheal tha mhòr gu bhi deiseal a còmhradh ri Fèisean nan Gàidheal mu dheann obair fèisean a chuir dhan na sgoiltean. Tha a Ceilidh Trail gu bhi mur ceann anns An Iuchair agus bi sin a dol gu Èirinn
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Bha sin a ruith "session" mur a chuireas thu air dòigh fèis aig a latha trèanaidh againn agus mur a dhèabhadh tu airgead
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Tha Giogha agus an Apainn air a deas a bhi faighnich mu dheann obair fèisean a chuir air dòigh dhaibh agus tha sin math

Neach-obrach	**Caoimhin Iain Rodgers**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Theid **Fèis nan Garbh Chrìochan** a chumail anns an Ath Tharchail am bliadhnn (anns an sgoil ùr). Tha sinn uile a' coimhead air adhart ris gu mòr agus tha sinn a' smaoineachadh mu dheidhinn bunting a chur an àrd tro seachdain nam Fèis. Tha sinn fhathast ag obair air proiseact na sgòile far an teid PA, solais agus bleecher seating a cheannach . Gu mi fhortanach, cha robh sinn soirbheachail ann an bhith a' faigheann taic airgead

	bho CEA. Leis an sin, bh'againn ri iarrtas a chur ri cheile airson LEADER. Thoisich mi Tender process air a shon agus cho luath 's a tha sin deiseil (tri seachdainean) bidh an iartas lan deiseal. Tha **Fèis Eige** air a bhith an sàs leis an Fhèis Uaine air an Eilean. Tha aid cuideachd a' deanamh deiseal airson an Fhèis 09 aca anns an Iuchar. Tha na clasaichean aig **Fèis Òigridh na Mara** air a bhith a' riuth gu math. Cheannaich sinn poiban, Keybaords agus clarsaich (nach eil bulach deiseil fhathast) leis na fhuair sinn bho SLF agus Community Foundation. Tha a h-uile coltas ann nach bidh Fè*s* fad seachdain aca am bliadhna ach tha sinn fhathast a' bruidhinn mu dheidhinn. Aig **Fèis Lochabair** tha sinn air a bhith ag obair air Ceilidhean air Cuairt 09 . Tha fios againn a-nis cò tha dol a ghabhail pairt agus cuin a bhios na gigs aca. Tha sinn cuideachd , airson a' chiad uair, a dol a chluich aig am Mountain Bike World Cup. Chur sinn crìoch air na bh' againn ri dheannamh airson an CD-ROM Gaidhlic (colaisde na Piobaireachd) agus tha sinn direach a' feitheamh air SONY gus am bidh iad deiseil againn. Chaidh Fèis Ghlaschu a chumail eader 6-9 an Giblean. Chaidh cuisean gu math agus chord e ris an fheadhan a bha 'n sas. Tha ceist neo dha ann agus tha mi a' tachart ris a' chomataidh ann am beagan seachdainan airson bruidhinn mu dheidhinn an doigh air adhart. Tha **Fèis Ghleann Albainn** air Fèis nan innbheach a chumail agus chaidh sin air leth math. Tha iad a-nis a' deiseachadh airson an Fhèis fad seachdain aca. Cheannaich sinn PA agus tha sinn gu math toilichte leis, tha sinn a-nis a' coimhead air siostam solais agus chaidh iarrtas airson taic airgead a dheanamh. Tha sinn cuideachd ag amas air Film a thoirt mar cuspair aig na Fèisean againn. Airson seo a dheanamh, feumaidh sinn uidheam freagaireach agus tha sinn ag obair air taic airgead airson seo cuideachd. Gaibhaidh cuirm ciuil mar cuimhneachan do Sharon Fraser a chumail anns an Ionad Neibhis Disathuirne 26mh an t-Og Mhios.
	Fhuair **Fèis Lanraig a Tuath** taic airgead bhon SLF gus bocsaichean ciuil a cheannach agus sreath de chlassaichean a chur air doigh. Tha iad a' ceannach na bocsaichean an drasta agus a' sireadh cuideigin freagairreach airson na classaichean a ghabhail. Tha iad a' cumail orra leis am Pop Band. Tha iad a' ceannach uidheam ùra agus theid dithis ùra a thaghadh mar buill. Tha na buitean obrach aig **Fèis Inis an Uillt** a dol ceart gu leòr. Tha mi , mar a tha mi aig eisean eile an drasda, a' deanamh ath-sgrudadh air am plana Gaidhlig aca. Ged nach do thachait e am bliadhna, tha sinn 'n dòchas gun teid fèis fad seachdain a chumail an ath-bhliadhna.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha mi ar bruidhinn rig ach fèis agam mu dheidhinn Gàidhlig agus na tha sinn a' deanamh gus a bhrosnachadh. Tha mi a' deanamh ath-sgrudadh air na planaichean Gàidhlig aca neo a' sgriobhadh plana airson an fheadhann aig nach eil fear. . Tha mi a' dol a dheaneamh sreath de aonadan Ulpan airson buill comitaidh agus luchd –teagaisg aig Fèisean ann an Lochabar a' toiseachadh air 7mh den Òg Mhios.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèisean ann an Lochabar an sàs ann an YMI agus 's e Rachel Walker a bhios ga thoirt seachd anns an sgìre seo. Tha dàimh làidir aig Fèisean ann an Lochabair leis na sgòiltean faisg orra agus bith iad ag obair gu dliùth còmhla riuth far a bheil e comasach a dhèanamh.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi an sàs le proiseact uabhasach mòr aig an am seo (tro Fèis nan Garbh Chrìochan) ann am com-partaicheas le Comhairle na Gàidhealtachd a chuireas uidheam ùr a-steach gu talla na sgoile ùr a bhios ga fhàgail comasach dhaibh tachartan Ciùil agus Cultarach a chumail ann le Fuaim, Solais agus Goirreasan air leth math. Gu foileasach gheibh Fèis nan Garbh Chriochan buannachd bho seo ach, 's ann aig a' chòimhearsnachd air fad a bhios am buannachd as mòtha oir theid tòrr a bharrachd tachartan cultarachd agus ceòlmhor (aig ìre gu math àrd) a chumail anns an sgìre aca. Can eil sinn ach feitheamh air SONY gus am bidh am proiseact eadar-theangachadh air CD-ROM (piping Tutor)

	deiseil. Tha mi cuideachd a' bruidhinn ri Sealladh TV air program a' deanamh air daoine a thug buidhe mòr air na Fèisean sna sgìrean aca fhèin.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean** • An Dàmhair 08 – Photoshop (Inbhirnis) • An Dùbhlachd 08 – Gàidhlig (An t-Eilean Sgìtheanach)
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	A-rithist, bidh an fheadhan a ghabh pairt anns na Cèilidhean air Cuairt ann an Lochabar a' nochdadh aig cuid de na tachartan aig Blas ann an 2009.

Neach-obrach	**Jenna Chuimeanach**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Bha Fèis air leth soirbheachail aig Fèis an Earraich aig àm na Càisge a chaidh a chumail ann am Port Rìgh am-bliadhna. Tha cuid de na buill agus luchd-ciùil a bha a' frithealadh na Fèise a-nise ag ullachadh airson turas dhan a' Ghearmailt anns an Ògmhios. Tha iad gu bhith a' riochdachadh Alba aig Fèis Chiùil Eadar-nàiseanta. Gu mi-fhortanach cha do shoirbhich leotha le iarrtas Sgeama Cultair na Gàidhealtachd agus marsin tha mi air a bhith a sireadh cothroman maoineachaidh eile dhaibh. Tha Fèis an Earraich cuideachd an sàs ann a bhith a' cur air adhart Cèilidh air Chuairt a-rithist am-bliadhna.
	Airson a' chiad uair am-bliadhna chaidh Fèis Taigh Dhonnchaidh a chumail rè làithean-saora na Càisge eadar 6 – 10 Giblean. Ghabh seachdnar pàirt anns an Fhèis agus fhuair iad ionnsachadh ann an iomadach ionnstramaid a thuilleadh air dràma agus seinn. Aig deireadh gach latha chaidh a bhuidheann sios gu Comunn Eachdraidh Nis far an d' fhuair iad an cothrom rannsachadh a dhèanamh air an teaghlach aca fhèin agus am fiosrachadh a ghlèidheadh ann an craobh-ghinealaich. Ann an leasachadh ùr eile airson 2009 chur Fèis Taigh Dhonnchaidh air adhart pròg ram maidne airson clann eadar 5 – 7 bliadhna dh' aois. Bha clasaichean rim faotainn ann an dràma, ealain, seinn agus dannsa a bha uile air an lìbhrigeadh ann an Gàidhlig. Bha 13 an làthair a h-uile madainn. Air Dihaoine chaidh cèilidh a chumail agus abair thusa gu robh an àite làn! Bha comataidh Fèis Taigh Dhonnchaidh air am moladh le na pàrantan cho math agus gun do chòrd an cèilidh riutha agus an t-seachdain ris a' chloinn. Tha buill a' chomataidh gu bhith trang anns na mìosan ri thighinn a' togail airgead airson Fèis na h-ath-bhliadhn. Thèid na Fèisean eile a chumail as t-samhradh agus tha iad trang an-dràsta a' sireadh luchd-teagaisg agus a sgaoileadh foirmean-iarrtais. Tha mi air a bhith aig deas turas neo dhà a' lìonadh foirmean 'Disclosure'. Chosg mi dà latha ann am Barraigh le Gillian Hamill ga cuideachadh le foirm-iarrtas Clann ann an Eis. Chùm Fèis Tir a' Mhurain cèilidh air an 27 Giblean airson ceann-bliadhna sonraichte a chomharrachadh. Bha measgachadh de dh' inbhich, clann agus luchd-teagaisg an làthair agus bha gu leòr luchd-ciùil ann airson an oidhche a chumail a dol. Am bliadhna bidh Fèis Tir an Eòrna a comharrachadh 20 bliadhna den Fhèis agus tha an dà Fhèis an dòchas cur-seachadan a bharrachd a chumail rè seachdain na Fèise. Tha mi air a bhith a conaltradh le Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Eilean na Hearadh a tha an-dràsta a' cur luchd-teagaisg air dòigh agus tha mi air a bhith gan cuideachadh leis a sin.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.** Anns a' Ghiblean thachair mi ri Calum Ailig agus Fèis Tir an Eòrna airson bruidhinn air am plana Ghàidhlig aca ath-nuadhachadh am-bliadhna agus barrachd cuideam a chur air a' Ghàidhlig aig an Fhèis. Bhruidhinn Calum riutha mu dheidhinn Sgioba-G agus na diofar dhòighean a tha na cur-seachadan aca a' cur taic ris a' Ghàidhlig. Thèid am fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh a chleachdadh airson plana ùr ullachadh.

	Tha Calum Ailig air planaichean ùrachadh airson Fèis Bharraigh, Fèis Tìr a' Mhurain agus bidh plana ur aig Fèis Tìr an Eòrna a dh' aithghearr. Tha mi air beagan fiosrachadh a chruinneachadh air Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Eilean na Hearadh agus bidh mi a' cur air dòigh coinneamhan eadar Calum Ailig agus na fèisean ann an ùine ghoirid.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèis an Earraich a' leantainn orra le clasaichean YMI ann am bun-sgoiltean sa sgìre.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi uabhasach toilichte gun d' fhuair sinn an cothrom obair na Fèise a thaisbeanadh aig Fèis Cheilteach Innse Gall a-rithist am-bliadhna. Thèid an cuirm-ciùil 'Ar Dachaigh' a chumail air Disathuirne 18 Iuchar aig 3f anns an Lanntair. Tha mi trang ag obair le Vicky Maclean, a tha ag obair airson Sealladh TV, a' clàradh agallamhan Ghàidhlig air feadh na h-Eileanan a bhios air an cleachdadh airson am fiolm againn. Tha am pròiseact a' ruith aig astar gu math seasmhach an-dràsta agus aig an ire seo tha ceithir buidhnean gu bhith a' gabhail pàirt anns a' phroiseact. Tha sinn air òran ùr fhaighinn mar thiodhlac bho Calum Dhòmhnallach, Runrig agus thèid sin a thaisbeanadh aig deireadh a' chonsairt. A' leantainn air soirbheachas an-uiridh, the Fèis Eilean an Fhraoich an dòchas Ceilidh air Chuairt a chumail am-bliadhna. Chan eil sinn cinnteach an tèid a chumail as t-samhradh seach gu bheil cuisean gu math beòthail air feadh na h-Eileanan mur tha aig an àm seo den bhliadhna agus gum faigheamaid air àm pròiseact a' ruith nas fheàrr buileach aig am eile den bhliadhna. Tha sinn fhathast gun co-dhùnadh a dhèanamh ach saoilidh mi gun tig piseach air an t-suidheachadh seo a dh'aithghearr.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Bha mi an làthair air Fèis Trèanaidh Fèisean nan Gàidheal anns a' Mhàirt. Fhuair mi an cothrom còmhradh le riochdairean bho Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Bharraigh agus Fèis an Earraich. A thuilleadh air bùth-obrach a chur air dòigh le na h-oifigearan leasachaidh eile fhuair mi cothrom suidhe ann am bùth-obrach a bha air leth inntinneach agus feumail. 'S ann mu dheidhinn a bhith a cruthachadh ceanglaichean dearbhachd le clann òga agus deugairean. Fhuair mi a dh' Inbhir Nis air 23 Giblean airson coinneamh Luchd-obrach a fhrithealadh.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Eadar 7/8 Cèitean chaidh Co-labhairt Eòrpach a chumail ann an Steòrnabhagh. Dh' iarr Alasdair Macleòid orm taic-chiùil a chur air dòigh thairis air an dà latha as leth Comhairle nan Eilean Siar. Choinnich mi ri tòrr a bha as diofar bailtean air feadh na Roinn Eòrpa agus ùidh aca air an obair aig Fèisean nan Gàidheal agus ar cultar cuideachd.

Neach-obrach	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Neach-taic Dràma**
Ràithe na h-aithisg	**Am Màrt 2009 – An Cèitean 2009**

Thòisich nam dreuchd mar neach-taic drama aig Fèisean nan Gàidheal air 5/01/09. Fhuair mi trèanadh bho Fèisean nan Gàidheal agus luchd obrach Eden Court.

Gu ruige seo tha a mhòr chuid den obair agam air a bhith co-cheangailte ris a' Phroiseict Dràma Sgìreil. Rinn mi le na bun-sgoiltean Ghàidhlig anns na sgìrean a leanas:

- An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse
- Loch Abair & Earra Ghaidheal
- Uibhist a Tuath, Beinn na Faoghla,Uibhist a Deas, Eirisgeidh & Barraigh

Rinn mi buthan obrach ann an sgilean drama le sgoiltean anns na sgìrean seo, agus tha mi air a bhith toirt cuideachadh dhaibh gus dealbhan-cluiche a dheisealachadh airson Fèis Drama a thèid a chumail anns gach sgìre. Sgrìobh mi 8 dealbhan chluiche ùr agus bha mi an sàs an a bhith leasachadh dealbhan chluiche eile cuideachd.

Bhon 4mh latha chun 8mh latha bha mi ag obair air proiseact dràma le bun-sgoiltean an Taobh Sear Rois le Debbie NicAoidh bho Eden Court. Thadhail sinn air 5 sgoiltean uile gu lèir. Aig deireadh na seachdain thug mi taic do Dougie Beck le buth-obrach anns an robh na sgoiltean uile a ghabh pàirt an làthair.

Tha mi dèanamh deiseil airson Fèis Dràma ann am Port Rìgh air Diardaoin 28 den Chèitein agus Feis Drama ann an Iochdar air an 4mh latha den Òg Mhìos. Tha dùil agam tadhail air sgoiltean Uibhist agus Barraigh ro-làimh.

Anns an Òg Mhìos bidh mi ag obair le àrd-sgoiltean le pròiseact dràma Stòrlann agus bidh mi nam neach taic aig an Sgoil Shamhraidh Dhrama ann am Pòrt Righ aig toiseach na h-Iuchair.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org